



Teisteanasan
Nàiseanta
SAMPALL A-MHÀIN

SQ31/N5/01

Nuadh-eòlas

Ceann-là – Neo-ìomchaidh

Ùine – 1 uair a-thìde agus 45 mionaid

Comharran iomlan – 60

ROINN 1 – DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA AGUS AN RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra

Feuch AON phàirt, AN DARA CUID

Pàirt A Deamocrasaidh ann an Alba Duilleagan 2-5

NO

Pàirt B Deamocrasaidh anns an Rìoghachd Aonaichte Duilleagan 6-9

ROINN 2 – CÙISEAN SÒISEALTA ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra

Feuch AON phàirt, AN DARA CUID

Pàirt C Neo-ionannachd shòisealta Duilleagan 10-12

NO

Pàirt D Eucoir agus an Lagh Duilleagan 13-16

ROINN 3 – CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA – 20 comharra

Feuch AON phàirt, AN DARA CUID

Pàirt E Cumhachdan Cruinne Duilleagan 17-20

NO

Pàirt F Cùisean Eadar-nàiseanta Duilleagan 21-25

Mus dèan thu oidhirp air na ceistean, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil leabhran nam freagairtean airson an aon chuspair agus na h-aon ìre ris a' phàipear-cheistean.

Leugh na ceistean gu faiceallach.

Feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir air leabhran nam freagairtean.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan. Mura dèan thu sin, dh'fhaodadh na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* S Q 3 1 N 5 0 1 *

**ROINN 1 – DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA AGUS AN
RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra**

Feuch AON phàirt, an dara cuid

Pàirt A – Deamocrasaidh ann an Alba air duilleagan 2-5

NO

Pàirt B – Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte air duilleagan 6-9

PÀIRT A – DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA

Ann na freagairtean agad airson Ceistean 1 agus 2 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid à Alba a thoirt seachad.

Ceist 1

Buidhnean a bhios a' feuchainn ri buaidh a thoirt air Riaghaltas na h-Alba		
Buidhnean-tagraidh	Aonaidhean-ciùird	Na Meadhanan

Tagh aon de na buidhnean gu h-àrd.

Thoir cunntas mhionaideach air dà dhòigh anns am bi a' bhuidheann a thagh thu a' feuchainn ri buaidh a thoirt air Riaghaltas na h-Alba

4

Ceist 2

Tha buannachdan agus eas-bhuannachdan ann an Siostam Ball a Bharrachd (AMS), a chaidh a chleachdadh airson Pàrlamaid na h-Alba a thaghadh.
--

Minich, gu mionaideach, na buannachdan agus na h-eas-bhuannachdan a tha ann an Siostam Ball a Bharrachd (SBB) a thathas a' cleachdadh airson Pàrlamaid na h-Alba a thaghadh

Bu chòir dhut suas ri trì mìneachaidhean aig a' char as motha a thoirt seachad nad fhreagairt

8

Pàirt A (a' leantainn)

Ceist 3 – Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 gu h-ìosal agus an uair sin feuch ris a' cheist a leanas a fhreagairt.

STÒR 1

Comataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba


Bidh mòran den obair chudromach aig Pàrlamaid na h-Alba a' dol air adhart anns na comataidhean a stèidhich a' Phàrlamaid. Ann an seisean 2008-09 chuir na comataidhean crìoch air sgrùdaidhean air gunn chuspairean, a' toirt a-steach turasachd, bochdainn cloinne, bochdainn connaidh, agus tuiltean agus manaidsèadh thuiltean ann an Alba. A thuilleadh air sin, is e obair nan comataidhean a bhith a' cumail sùil gheur air obair Riaghaltas na h-Alba agus air lagh sam bith a thathas a' moladh. Chaidh coinneamhan comataidh a chumail air feadh Alba, a' toirt a-steach A' Bhruaich, Inbhir Àir agus Obair Dheathain.

Faodaidh comataidhean ùine deasbaid iarraidh ann am Pàrlamaid na h-Alba airson cùisean air an deach iomradh a thoirt ann an aithisgean a dh'fhoillsich iad a thoirt gu aire a'mhòr-shluaigh. Bha deasbad, mar eisimpleir, aig Comataidh nan Athchuingean Poblach mun aithisg aca air an ìre chun an robh drogaichean leigheas aillse rim faighinn aig Seirbheis Slàinte Nàiseanta (NHS). Tha cead cuideachd aig Comataidhean Bilean a chur air adhart, le dòchas gun tèid gabhail riutha mar lagh. Bha aon Bhile a-mach às na 17 a chaidh a thoirt air adhart ann an 2008-09 – air sgeama peinnsein airson BPA—na Bhile Comataidh.

Tha ballrachd nan comataidhean air a dhèanamh suas de BhPA bho gach partaidh, le Luchd-gairm Comataidh, a bhios anns a' chathair aig coinneamhan, air an tarraing bho phartaidhean eadar-dhealaichte. Bidh a' mhòr-chuid de chomataidhean a' coinneachadh gach seachdain no gach cola-deug, mar as trice air madainn Dimàirt no Diciadain, ann an aon de na seòmraichean comataidh aig Pàrlamaid na h-Alba – no ann an àiteachan air feadh na h-Alba. Tha a' mhòr-chuid de choinneamhan fosgailte don t-sluagh.

Bidh prìomh phàirt aig Comataidhean ann an obair na Pàrlamaid – a' gabhail fianais bho fhianaisean, a' sgrùdadh laghan ùra a th'air am moladh agus a' cumail rannsachaidhean. Tha obair nan comataidhean air cur ris an t-sealladh dhearbhadh a tha aig a' mhòr-chuid de dh'Albannaich air a' Phàrlamaid aca, agus tha 70% dhiubh ag ràdh às dèidh 10 bliadhna gun robh fèin-riaghladh air a bhith math do dh'Alba.

STÒR 2



Pàirt A Ceist 3 (a' leantainn)

STÒR 3

Sgrùdadh Cùise: Comataidh nan Athchuingean Poblach

- Tha siostam nan athchuingean poblach a' toirt slighe a-steach don phoball gu leasachadh poileasaidh agus cothrom air laghan ùra a sgrùdadh.
- Tha naoi buill air Comataidh nan Athchuingean Poblach: triùir Làbarach, triùir PNA, agus aon gach buidheann bho na Tòraidhean, na Libearalaich Dheamocratach agus am Partaidh Uaine.
- Seach gu bheil Comataidh nan Athchuingean Poblach ann, tha seo a' ciallachadh gum faod am poball cùisean a tha a' dèanamh dragh dhaibh a thogail gu dìreach leis a' Phàrlamaid aca.
- Ann an 2008-09, chaidh 112 athchuingean ùra a chur a-steach; chuala a' chomataidh fianais bheòil mu 35 athchuingean ùra agus bheachdaich iad air còrr is 200 athchuinge a tha a' dol mar-thà.
- Chuir a' chomataidh rannsachadh fad-bliadhna air bhog gus dòighean air mothachadh agus compàirt a' phobaill a sgrùdadh a thaobh pròiseas nan athchuingean.
- Thug iad sgrùdadh air adhart a thaobh cothrom fhaighinn air drogaichean leigheas àillse bhon NHS.
- Thug iad aoigheachd do dheasbad ann an seòmar na Pàrlamaid far an do choinnich buidhnean coimhearsnachd, luchd-fulaing, poilis, luchd-obrach meadaigeach agus mòran eile gus beachdachadh air eucoir sgeine.
- Bha pàirt chudromach aig Comataidh nan Athchuingean Poblach a thaobh an lagh a chuir casg air smocadh ann an àiteachan poblach.
- Tha an siostam athchuingean-e, a cheadaicheas athchuingean a chur a-steach air-loidhne, air leantainn a' toirt buaidh, agus chaidh mu dhà thrian de dh'athchuingean a chur a-steach san dòigh seo.
- Tha am poball air còrr is 1,244 athchuingean a chur a-steach anns na deich bliadhna a dh'fhalbh.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 gu h-ard, dè na **co-dhùnaidhean** a ghabhas dèanamh mu chomataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba?

Bu chòir dhut tighinn gu co-dhùnadh mu gach aon de na leanas:

- an obair a tha comataidhean a' dèanamh
- ballrachd nan comataidhean
- mar a tha am poball an sàs ann an comataidhean.

Feumaidh fianais bho na stòran taic a thoirt do na co-dhùnaidhean agad.

Bu chòir dhut ceangal a dhèanamh eadar fiosrachadh taobh a-staigh agus eadar stòran gus taic a thoirt do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

8

RACH A-NIS GU EARRANN 2 AIR DUILLEAG A DEICH

PÀIRT B – DEAMOCRASaidH ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE

Anns na freagairtean agad do Cheistean 1 agus 2 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad às An Rìoghachd Aonaichte.

Ceist 4

Buidhnean a bhios a' feuchainn ri buaidh a thoirt air Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte		
Buidhnean-tagraidh	Aonaidhean-ciùird	Na Meadhanan

Tagh aon de na buidhnean gu h-àrd.

Thoir cunntas mhionaideach air dà dhòigh anns am bi a' bhuidheann a thagh thu a' feuchainn ri buaidh a thoirt air Riaghaltas na RA.

4

Ceist 5

Tha gach cuid buannachdan agus eas-bhuannachdan an cois siostam Àireamh Bhòtaichean as Motha (FPTP), a thathas a' cleachdadh airson Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte a thaghadh.
--

Minish gu mionaideach, na buannachdan agus na h-eas-bhuannachdan a tha an cois siostam Àireamh Bhòtaichean as Motha (FPTP) a thathas a' cleachdadh airson Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte a thaghadh.

Bu chòir dhut suas ri trì mìneachaidhean aig a' char as motha a thoirt seachad nad fhreagairt

8

Pàirt B (a' leantainn) Ceist 6

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 gu h-ìosal agus an uair sin feuch ris a' cheist a leanas a fhreagairt.

STÒR 1

Comataidhean ann am Pàrlamaid na RA

Bidh mòran den obair chudromach ann an Taigh nan Cumantan a' dol air adhart anns na Comataidhean Taghte. Bidh Comataidhean Taghte a' sgrùdadh obair an Riaghaltais. Bidh iad a' cumail sùil air cosgaisean, rianachd agus poileasaidh gach roinn den Riaghtas. Thar nam bliadhnaichean, tha dleastanas sgrùdaidh nan Comataidhean Taghte air tighinn gu ìre gu math stèidhichte agus gu math follaiseach.

Is e BP bho na beingean-cùil as àbhaist a bhith nam buill de chomataidhean. Bidh a' bhallrachd aca a rèir meud gach partaidh ann an Taigh nan Cumantan. Tha seo a' ciallachadh gum bi mòr-chuid an-còmhnaidh aig a' phartaidh a tha a' riaghladh. Faodaidh Comataidhean Taghte coinneamhan a chumail ann an diofar phàirtean den dùthaich, faodaidh am poball a bhith an làthair, tha an làrach-lìn fhèin aig gach comataidh agus tha coinneamhan comataidh air an craoladh air an telebhisean agus air an eadar-lìon.


Bidh prìomh phàirt aig Comataidhean ann an obair na Pàrlamaid – a' gabhail fianais bho fhianaisean, nam measg àrd-bhuill an Riaghaltais, a' sgrùdadh laghan ùra a th'air am moladh agus a' cumail rannsachaidhean. Bidh BP bho gach partaidh a' gabhail pàirt ann an obair nan comataidhean, le Luchd-gairm nan Comataidhean air an tarraing bho phartaidhean eadar-dhealaichte. Ann an 2010, airson a' chiad uair, chaidh Luchd-gairm nan Comataidhean a thaghadh leis na co-BhP aca.

Thèid a' mhòr-chuid de dh'aithisgean comataidh aontachadh gu h-aona-ghuthach (tha sin a' ciallachadh le taic phoblach gach ball comataidh), a' comharrachadh dòigh-obrach nas neo-phartaidheile. Bidh diofar phartaidhean gu tric ag obair còmhla agus a' feuchainn ri aonta fhaighinn anns na comataidhean. Ged a tha cliù na Pàrlamaid gu h-iomlan air fulang o chionn beagan bhliadhnaichean, thathas a' faicinn obair nan Comataidhean Taghte mar fhìor smachd air cumhachd an Riaghaltais.

Pàirt B Ceist 6 (a' leantainn)

STÒR 2

Comataidhean Taghte Pàrlamaid na RA a rèir partaidh an Neach-gairm 2008-09



Pàirt B Ceist 6 (a' leantainn)

STÒR 3

Sgrùdadh Cùise: Comataidh Thaghte Roinn an Ionmhais

- Bha prìomh phàirt aig Comataidh Thaghte Roinn an Ionmhais ann a bhith a' sgrùdadh èiginn ionmhais is bancaireachd ann an 2008-09.
- Ann an 2009, bha 14 buill air Comataidh Thaghte Roinn an Ionmhais: ochd Làbaraich, ceithir Tòraidhean agus dà Libearalach Dheamocratach.
- Bidh a' Chomataidh a' taghadh nan cuspairean sgrùdaidh aca fhèin. Dh'fhaodadh gum mair sgrùdadh airson grunn mhìosan agus mar thoradh air an sin gun tèid aithisg a chur gu Taigh nan Cumantan; no dh'fhaodadh gum faigh iad aon latha de dh'fhianais a thèid fhoillseachadh gun aithisg.
- Nuair a tha a' Chomataidh air sgrùdadh a thaghadh, is àbhaist dhaibh a bhith a' cur fios chun nam meadhanan a' mineachadh nam prìomh chuspairean san sgrùdadh agus a' toirt cuireadh do dhaoine fa leth agus do bhuidhnean aig a bheil ùidh, fianais sgrìobhte a chur thuca.
- Tha a' Phàrlamaid air ùghdarras a thoirt don Chomataidh fios a chur air "daoine, pàipearan is clàran". Mar sin tha cumhachdan aca toirt air fianaisean leithid Ministearan is seirbheisich stàite a bhith an làthair, agus gun tèid pàipearan is stuthan eile a thoirt dhaibh.
- Tha an sluagh di-beathte a bhith an làthair aig coinneamhan na Comataidh.
- Iuchar 2009, dh'ainmich Comataidh Thaghte Roinn an Ionmhais rannsachadh ùr: "Boireannaich anns a' Bhaile Mhòr" agus chuir iad a dh'iarraidh fianais.
- Aig coinneamh de Chomataidh Thaghte an Ionmhais a chaidh a-mach air an telebhisean, thuirt Sir Fred Goodwin a bha na àrd-oifigear aig Banca Rìoghail na h-Alba, ri BP nach "b'urrainn dha a bhith na bu bhrònaiche" airson na thachair aig àm èiginn nam bancaichean.
- Shoirbhich le Comataidh Thaghte an Ionmhais, còmhla ri feadhainn eile, le bhith a' cur cuideam air an Riaghaltas gus cuideachadh a thoirt do dhaoine air an tug crìoch ìre 10sg na cìs chosnaidh buaidh.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 gu h-ard, dè na **co-dhùnidhean** a ghabhas dèanamh mu chomataidhean ann am Pàrlamaid na RA?

Bu chòir dhut tighinn gu co-dhùnadh mu gach aon de na leanas:

- an obair a tha comataidhean a' dèanamh
- ballrachd nan comataidhean
- mar a tha am poball an sàs ann an comataidhean.

Feumaidh fianais bho na stòran taic a thoirt do na co-dhùnidhean agad.

Bu chòir dhut ceangal a dhèanamh eadar fiosrachadh taobh a-staigh agus eadar stòran gus taic a thoirt do na co-dhùnidhean agad.

8

RACH A-NIS GU EARRANN 2 air DUILLEAG A DEICH

ROINN 2 – CÙISEAN SÒISEALTA ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra

Feuch AON phàirt, an dara cuid

Pàirt C – Neo-ionannachd Shòisealta air duilleagan 10-12

NO

Pàirt D – Eucoir agus an Lagh air duilleagan 13-16

PÀIRT C – NEO-IONANNACHD SHÒISEALTA

Ann na freagairtean agad do Cheistean 1 agus 2 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad às An Rìoghachd Aonaichte.

Ceist 7

Eisimpleirean de chuid de bhuidhnean air a bheil neo-ionannachd a' bualadh		
Buidhnean mion-chinnidhean	Seann daoine	Daoine gun obair
Teaghlaichean aon phàrant	Buidhnean chiorramach	Boireannaich

Tagh **aon** bhuidheann gu h-àrd no buidheann eile air an do rinn thu sgrùdadh.

Mìnich, gu mionaideach, **dà** dhòigh anns am bi an Riaghaltas a' toirt cuideachadh dhan bhuidheann a thagh thu.

6

Ceist 8

Tha deagh shlàinte aig mòran dhaoine san RA ach tha feadhainn eile aig nach eil.

Mìnich, gu mionaideach, **dà** adhbhar a tha air cùl mar a tha deagh shlàinte aig mòran dhaoine san RA ach nach eil aig cuid eile.

6

Pàirt C (a' leantainn)

Ceist 9

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 gu h-ìosal agus an uair sin feuch is a' cheist a leanas a fhreagairt.

STÒR 1


Dith dachaigh ann an Alba

- Ann an Alba, tha e na dhleastanas air comhairlean ionadail daoine gun dachaigh a chuideachadh.
- Ann an 2011-12, chaidh 45,322 tagradh dith dachaigh a chur a steach bho theaghlaichean chun na comhairle ionadail aca ann an Alba. Ann an 2010-11 b' e 56,350 an àireamh a bh' ann.
- Ann an 2011-12, ghabh comhairlean ionadail ri 35,515 de na tagraidhean seo. Ann an 2010-11 b' e 38,100 an àireamh sin.
- Tha na poilis ag radh gu bheil an àireamh dhaoine a dh'fheumas a dhol air liostaichean feitheamh dith dachaigh mar thoradh air nàbaidhean mì-shòisealta air dùblachadh bho 2001.
- Aig an àm seo tha 87,000 dachaigh de gach seòrsa air feadh Alba falamh agus tha 29,300 dàrna dachaigh is dachaigh shaor-làithean falamh airson cuid mhath den bhliadhna.
- Tha mòran a' creidsinn gun do dh'fhàs duilgheadas dith dachaigh nas miosa nuair a chaidh poileasaidh "Còir Ceannach" a thoirt a-steach. Leig seo le luchd-màil comhairle na dachaighean aca a cheannach, a' fàgail glè bheag de thaighean math airson an cur a-mach air mhàl.
- Tha an carthannas taigheadais Shelter o chionn ghoirid air Riaghaltas na h-Alba a chàineadh airson buidseat taigheadais a lùghdachadh 45%. Tha Shelter a' dèanamh a-mach gu bheil na buidhnean as motha air a bheil am feum agus as laige a' fulang.
- Ann an 2012, bha faisg air 188,000 teaghlach air liostaichean feitheamh nan comhairlean. Aig an aon àm bha 7,847 taighean comhairle falamh.
- Ann an 2011-12, chaidh 15,900 taigh ùr a chrìochnachadh ann an Alba. Tha seo a' comharrachadh lùghdachadh de 38% thairis air na ceithir bliadhna a dh'fhalbh.
- Bidh carthannasan mar APEX agus SACRO a' feuchainn ri feadhainn a bha nam prìosanaich agus a tha a-nis gun dachaigh a chuideachadh. Chan eil mòran maoinachaidh aig gach buidheann.

Pàirt C Ceist 9 (a' leantainn)

STÒR 2

Taighean ùra a chaidh a thogail ann an Alba (2011-12)



Taighean comhairle ionadail air an reic tro “Còir Ceannach” bho 2001	
Baile mòr	Taighean air an reic tro “Còir Ceannach”
Obair Dheathain	4,345
Dùn Dè	2,017
Dùn Èideann	3,914
Glaschu	8,566
An còrr de dh'Alba	61,569
Alba gu lèir	80,411

STÒR 3

Artaigil le Daisy Kingscourt, neach-iomairt dith dachaigh

Ged a tha ìre dith dachaigh a' tuiteam ann an Alba, tha e fhathast na dhuilgheadas draghail. Bidh a bhith às aonais dachaigh seasmhach ag adhbhrachadh uallach inntinn agus tinneas am measg dhaoine. Bheir e buaidh air an àireamh mhòr de chlann a tha san t-suidheachadh sin, a' milleadh am foghlaim agus an slàinte.

Bidh còrr is cairteal de na teaghlachan a bhios a' sireadh inbhe dith dachaigh ga dhèanamh mar thoradh air còmhstri teaghlach. Is e sgainneal a th' ann gu bheil 5% de dhaoine gun dachaigh air tighinn à prìosan no ospadal agus iad dìreach air na sràidean. Chan e an dealbh àbhaisteach de dhaoine gun dachaigh, mar eisimpleir neach a chaidh a chur à dachaigh seach nach deach màl no morgaids a phàigheadh, a tha fìor a thaobh Albannaich gun dachaigh. Gu dearbh, tha nas lugha na 5% de dh'Albannaich gun dachaigh airson an adhbhair seo. Tha e na uallach gu bheil 5% de dhaoine gun dachaigh a' fàgail an dachaigh mar thoradh air fòirneart no maoidheadh bho na nàbaidhean aca. Ag obair còmhla, feumaidh an Rìghaltas, na poilis agus comhairlean ionadail fuasgladh fhaighinn air na duilgheadasan sin. Bhiodh e na chiad cheum furasta nan deigheadh na gearraidhean cosgais a rinn Rìghaltas na h-Alba o chionn ghoirid a thionndadh oir tha e soilleir gu bheil iad a' toirt droch bhuaidh air na buidhnean laga sin.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 gu h-àrd mìnich carson a tha Dànaidh MacUilleam a' leth-thaghadh na firinn.

“Tha duilgheadas dith dachaigh ann an Alba air adhbhrachadh le gainnead thaighean.”

Beachd Dhànaidh MhicUilleim

- Bu chòir dhut fiosrachadh a thoirt seachad a thagh Dànaidh MacUilleam seach gu bheil e a' toirt taic don beachd aige.
- Bu chòir dhut fiosrachadh a thoirt seachad nach do hagh Dànaidh MacUilleam seach nach eil e a' toirt taic don beachd aige.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

PÀIRT D – EUCOIR AGUS AN LAGH

Anns na freagairtean agad do Cheistean 1 agus 2 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad às An Rìoghachd Aonaichte.

Ceist 10

Bidh na poilis anns an RA a' feuchainn ri ìrean eucoir a lùghdachadh.

Mìnich, gu mionaideach, dà dhòigh anns am bi na poilis a' feuchainn ri ìrean eucoir a lùghdachadh.

6**Ceist 11**

Bidh daoine a' dèanamh eucoir air sgàth iomadh adhbhar.

Mìnich, gu mionaideach, dà adhbhar a tha air cùl carson a bhios cuid de dhaoine a' dèanamh eucoir.

6

Pàirt D (a' leantainn)

Ceist 12

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 gu h-ìosal agus an uair sin feuch ris a' cheist a leanas a fhreagairt.


STÒR 1

Firinnean agus Beachdan

Tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air athchuinge a bhiodh a' ciallachadh gum faigheadh neach sam bith a bhiodh a' giùlan sgian binn prìosain do-sheachanta. Bhiodh seo a' ciallachadh gum deidheadh neach ciontach a bhiodh a' giùlan sgian a chur don phrìosan no a chumail an grèim ann an ionad sònraichte.

- Tha buidhnean coimhearsnachd air iarraidh air an Riaghaltas rudeigin a dhèanamh gus bacadh a chur air òigridh bho bhith a' giùlan sgeinean.
- Chaidh binn a chur air 1,200 neach ciontach airson a bhith a' giùlan sgian eadar 2004 agus 2009, ach is e dìreach 314 dhiubh a chaidh a chur don phrìosan.
- Rinn Prìosanan na h-Alba aithris nach robh eucoraich a' cur seachad na h-ùine gu lèir sa phrìosan agus gun robh iad a' faighinn a-mach tràth, seach gun robh cus phrìosanach aca. Dh'fhaodadh gum dèan binn do-sheachanta an duilgheadas seo nas miosa.
- Ann an 2009, bha aon a-mach à còignear dhaoine a chaidh a dhèteadh airson a bhith a' giùlan sgian ann an Dùn Èideann air a bhith fo chasaid roimhe airson an aon seòrsa eucoir.
- Bha trithead sa chiad de dhaoine òga den bheachd gum lùghdaicheadh eucoir sgeinean nam biodh binn nas cruaidhe ann; bha 53% den bheachd gur e peanas iomchaidh a bh'ann am binn coimhearsnachd do dhaoine òga a bha a' giùlan sgian.
- Tha breitheamhan ann an Alba den bheachd gum bu chòir dhaibh sùim a ghabhail de shuidheachadh pearsanta gach cùis mus toir iad binn seachad.
- Dh'fhaodadh binn prìosain buaidh mhòr a thoirt air cothroman dhaoine òga san àm a tha romhpa.
- Thuit an àireamh dhaoine a chaidh a chur don phrìosan chun na h-ìre a b' ìsle ann an còig bliadhna ann an 2008 oir is e dìreach aon eucorach a-mach à triùir a chaidh a chur don phrìosan.
- Ann an 2009, thuirt 78% de dh'òganaich a chaidh a cheasnachadh ann an Glaschu nan deidheadh an cur don phrìosan nach giùlaineadh iad sgian gu bràth tuilleadh.

STÒR 2



STÒR 3

Fianais bho Louise NicAoidh gu Comataidh Pàrlamaid na h-Alba

Chan e a bhith a' cur dhaoine a bhios a' giùlan sgeinean fo ghlais idir am freagairt airson a bhith a' dèiligeadh ris an duilgheadas seo. Chan e eucoraich a th' anns a' mhòr-chuid de dhaoine òga a bhios a' giùlan sgeinean. Bhiodh am prìosan dìreach a' peanasachadh nan òganach sin airson a' chòrr dhem beatha airson a bhith òg agus gòrach. Tha e a' cosg timcheall air £30,000 gach bliadhna airson duine a chumail sa phrìosan. Nan deidheadh eadhon leth den airgead seo a chosg air pròiseactan coimhearsnachd, chuidicheadh e daoine òga gu bhith a' tuigsinn mar a dh'fhaodadh iad milleadh a dhèanamh orra fhèin agus air daoine eile le bhith a' giùlan sgian. Tha an àireamh dhaoine a chaidh a ghlacadh a' giùlan sgian ann an Alba a' tuiteam. Tha e follaiseach nach eil feum air a' mholadh seo bhon Riaghaltas a thaobh binn prìosain do-sheachanta agus cha bhiodh ann ach ana-caitheamh air airgead luchd-pàighidh chisean.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 gu h-àrd mìnich carson a tha beachd Bhilidh MhicCoinnich a' leth-thaghadh na firinn.

Is e dòigh math air eucoir sgeine a lùghdachadh a bhith a' toirt binn prìosain do neach sam bith a tha a' giùlan sgian.

Beachd Bhilidh MhicCoinnich

- Bu chòir dhut fiosrachadh a thoirt seachad a thagh Bilidh MacCoinnich airson taic a thoirt don bheachd aige.
- Bu chòir dhut fiosrachadh a thoirt seachad nach to thagh Bilidh MacCoinnich seach nach eil e a' toirt taic don bheachd aige.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

8

A-NIS RACH GU EARRANN 3 AIR DUILLEAG A SEACHD-DEUG

ROINN 3 – CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA – 20 comharra

Feuch AON phàirt, an dara cuid

Pàirt E—Cumhachdan Mòra an t-Saoghail air duilleagan 17-20

NO

Pàirt F—Cùisean Cruinne air duilleagan 21-25

PÀIRT E – CUMHACHDAN MÒRA AN T-SAOGHAIL

Ann na freagairtean agad do Cheistean 1 agus 2 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho chumhachd mhòr air an do rinn thu sgrùdadh.

Ceist 13

Faodaidh saoranaich a bhith an sàs ann am poilitigs ann an diofar dhòighean.

Mìnich, gu mionaideach, dà dhòigh anns an urrainn saoranaich bho chumhachd mhòr air an do rinn thu sgrùdadh pàirt a ghabhail ann am poilitigs.

4

Ceist 14

Tha neo-ionannachdan anns a h-uile cumhachd mhòr.

Mìnich, gu mionaideach, dà adhbhar a tha air cùl mar a tha neo-ionannachdan sòisealta is eaconamach rim faighinn ann an cumhachd mhòr air an do rinn thu sgrùdadh.

6

Pàirt E (a' leantainn)

Ceist 15

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 gu h-ìosal agus an uair sin feuch ris a' cheist a leanas a fhreagairt.

Tha thu nad chomhairliche aig an riaghaltas. Chaidh iarraidh ort moladh am bu chòir an Riaghaltas a bhith a' togail Dama Melo Bonte.

Roghainn 1
Tog Dama Melo Bonte

Roghainn 2
Na tog Dama Melo Bonte

STÒR 1

An Riaghaltas a' soidhnigeadh Chùmhnantan airson Dama Chonnspaideach ann an Coille-uisge

Anns an Iuchar 2010, chuir Riaghaltas ann an Ameireaga a Deas an ainm ri cùmhnantan airson dama mhòr ùr dealain-uisge a a thogail anns a' choille-uisge aca. Nuair a bhios e deiseil, 's e Melo Bonte an treas dama dealain-uisge as motha a bhios air an t-saoghal. Thuir Ministear nam Mèinnichean agus a' Chumhachd gum biodh ionad Melo Bonte, a thèid a thogail faisg air beul Abhainn Celdy sa choille-uisge gu tuath, "na phàirt chudromach de leasachadh na sgìre agus thèid airgead-diòlaidh a thoirt do dhaoine a dh'fheumas an sgìre fhàgail airson an dama a thogail."

Tha am pròiseact air ùpraid adhbhrachadh, agus tha mòran bhreitheamhan, daoine ainmeil ann a' Hollywood, buidhnean iomairt àrainneachd agus buidhnean a' riochdachadh luchd-còmhnaidh na coille-uisge, a' cur na aghaidh. Anns a' Ghiblean 2010, thog stiùiriche *Avatar* Seumas Camshron, agus dithis chleasaichean bhon fhilm, fianais an aghaidh an dama. Tha luchd-iomairt ag ràdh gun dèanadh an dama a tha san amharc "droch mhilleadh" air eag-shiostam na coille-uisge agus gum biodh buaidh aige air beatha suas ri 50,000 neach-còmhnaidh sa choille-uisge leis gun tigeadh an t-uisge thairis air 500 cileamatair ceàrnagach.

Tha an Riaghaltas ag ràdh gu bheil an dama deatamach airson leudachadh leantainneach air an eaconamaidh seach gu bheil an àireamh-sluaigh a' dol suas agus a' cur feum air barrachd dealain. Thathas an dùil gun toir dama Melo Bonte dealan do 23 millean dachaigh. Feumaidh na companaidhean a choisinn cùmhnantan airson dama a thogail mòran airgid a phàigheadh gus an àrainneachd a dhìon. Thuir an Riaghaltas gu bheil a' mhòr-chuid den t-sluaigh a' cur an taic ris a' cho-dhùnadh airson an dama a thogail.


Tha cuid de luchd-còmhnaidh na coille-uisge air a bhith a' dìon an dama oir tha iad an dòchas buannachd fhaghinn bho na 18,000 obraichean dìreach agus na 80,000 obraichean neo-dhìreach a thathas an dùil a chruthaicheas am pròiseact. Ge-tà, tha cuid de dh'eòlachean agus de riochdairean gnothachais ann an gnìomhachas cumhachd cuideachd an aghaidh an dama. Tha iad ag ràdh gum bi an fhìor chosgais 60% nas àirde na am buidseat SA\$10.8 billean aige agus nach bi e ag obair ach aig 40% den chomas aige leis gum bi àirde an uisge ann an Abhainn Celdy a' tuiteam nuair a tha an t-sìde tioram

STÒR 2

Toraidhean nan Cunntasan Beachd

Dè am prìomhachas as motha a tha fa chomhair na dùthcha?

A bheil thu ag aontachadh no nach eil ri co-dhùnadh an Riaghaltais airson Dama Melo Bonte a thogail?		
	Daoine air fad	Luchd-còmhnaidh na coille-uisge
Ag aontachadh	65%	12%
Chan eil ag aontachadh	30%	85%
Chan eil fios agam	5%	3%



STÒR 3

Gearanan mu dhama Melo Bonte: Giblean-luchar

12 Giblean	Tha daoine a tha ainmeil gu h-eadar-nàiseanta a' frithealadh iomairtean còmhla ri còrr is 500 neach-iomairt agus iad airson pròiseact Dama Melo Bonte a stad.
15 Giblean	Le cuideam a' tighinn bho mhuintir an àite is luchd-iomairt, fhuair luchd-poilitigs na sgìre òrdugh cùirte gus casg a chur air companaidhean bho bhith a' cur a-steach tagradh airson an dama a thogail.
17 Giblean	Tha an Riaghaltas soirbheachail le tagradh gus cur às dhan casg ann an cùirt nas àirde.
18 Giblean	Tha 500 neach-iomairt bho Ghreenpeace a' càrnadh trì tunnachan de thodhar air beulaibh National Electric Buidheann Cumhachd anns a' phrìomh bhaile.
19 Cèitean	Tha an Riaghaltas mu dheireadh a' buannachadh na cùis lagha agus a' toirt a' chùmhnaidh luach SA\$10 billean do bhuidheann de naoi chompanaidhean a tha an dòchas cumhachd a sgaoileadh.
17 Ògmhios	Tha Innseanaich Kayapo, a tha a' fuireach sa choille-uisge, a' cur stad air trafaig bathar coimearsalta air prìomh rathad.
20 Ògmhios	Tha mòran dhaoine a tha a' fuireach sa choille-uisge a' cur taic ris an dama seach gun tig obraichean na chois a thèid an àite nan obraichean a chaidh a chall nuair a chaidh casg a chur air gearradh fiodha gu mì-laghail.
2 Iuchar	Tha luchd-iomairt ag ràdh gun cùm iad ag iomairt a dh'aindeoin 's gun deach an cùmhnaidh a thoirt seachad.
15 Iuchar	Tha na companaidhean a tha a' togail an dama ag aontachadh SA\$803 millean a phàigheadh gus pàircichean a chruthachadh agus gus sùil a chumail air coilltean agus a' pàigheadh airgead-diòlaidh do dhaoine air a bheil an dama a' toirt buaidh.

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a tha thu a' moladh, **an dara cuid** Dama Melo Bonte a thogail (**Roghainn 1**) no gun Dama Melo Bonte a thogail (**Roghainn 2**).

- (i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 gu h-àrd agus mu do choinneamh, **dè an roghainn a thaghadh tu?**
- (ii) Thoir seachad adhbharan airson **taic** a thoirt don roghainn agad.
- (iii) **Minich** carson nach do thagh thu an roghainn eile

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

10

PÀIRT F – CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA

Ann na freagairtean agad do Cheistean 1 agus 2 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho mhòr-chumhachd a sgrùd thu.

Ceist 16

Buidhnean eadar-nàiseanta a tha a' feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air cùisean agus duilgheadasan eadar-nàiseanta		
Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte.	NATO	Banca na Cruinne
An t-Aonadh Eòrpach	An t-Aonadh Afraganach	Carthannasan agus NGOs eile

Mìnich, gu mionaideach, dà dhòigh anns am bi buidhnean eadar-nàiseanta a' feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air cùis no duilgheadas eadar-nàiseanta air an do rinn thu sgrùdadh.

4

Ceist 17

Tha mòran adhbharan ann airson cùisean agus duilgheadasan eadar-nàiseanta.
--

Mìnich, gu mionaideach, dà adhbhar airson cùis no duilgheadas eadar-nàiseanta air an do rinn thu sgrùdadh.

6

Pàirt F (a' leantainn)

Ceist 18

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 gu h-ìosal agus an uair sin feuch ris a' cheist a leanas a fhreagairt.

Tha thu nad chomhairliche don Aonadh Eòrpach (AE). Chaidh iarraidh ort moladh am bu chòir cead a thoirt do Dhùthaich A no Dùthaich B ballrachd fhaighinn san EU.

Roghainn 1

Leig le Dùthaich "A"
ballrachd fhaighinn san EU

Roghainn 2

Leig le Dùthaich "B"
ballrachd fhaighinn san EU


Tha Dùthaich A agus Dùthaich B nan **Dùthchannan Tagraidh** a tha an dòchas ballrachd fhaighinn san Aonadh Eòrpach. Ann an stòran 1 agus 2 tha fiosrachadh mun dà dhùthaich a thàinig bho na tagraidhean aca.

STÒR 1

DÙTHAICH TAGRAIDH "A"

- Tha àireamh-sluaigh beag de 4.5 millean neach san dùthaich seo agus teachd-a-steach cuibheasach de dìreach €11,200.
- Tha na poilis air a bhith ag obair gu cruaidh gus luchd-reic dhrogaichean a ghlacadh. Chaidh binn prìosain fada a thoirt do mhòran dhiubh.
- Tha Dùthaich A a' toirt mòran chòraichean is shaorsan do na saoranaich aice. Dh'fheumadh e a bhith a rèir slatan-tomhais Cùmhnant Eòrpach Còraichean a' Chinne Daonna.
- Tha UNICEF agus cuid de charthannasan mòra cloinne air Dùthaich A a chàineadh airson an t-siostam cùram sòisealta aca. Tha rannsachaidhean air sealltainn gu bheil cùram ga thoirt do mhòran de sheann dhaoine agus do chlann ann an droch shuidheachaidhean.


Ceumnaichean Oilthigh (%)



STÒR 2

DÙTHAICH TAGRAIDH “B”

- Tha Dùthaich B a' cur a-mach 32 millean baraille ola gach latha agus chan eil iad a' cleachdadh ach 13 millean baraille. Tha iad ag iarraidh gun tèid barrachd às-mhalairt.
- Tha cùram slàinte truagh ann an Dùthaich B. Tha an dùil-aoise ìosal aig 58 agus tha bàsmhorachd chloinne àrd aig 11 gach 1,000 air am breith beò.
- Ann an Dùthaich B, tha 36% den mhòr-shluagh fhathast ag obair air tuathanasan. Dheidheadh iarraidh air an EU airgead a chosg air àiteachas a leasachadh.
- Tha UNESCO air moladh a dhèanamh air siostam foghlam bun-sgoile ann an Dùthaich B agus ìrean neo-lìtearachd air tuiteam gu nas lugha na 10%.



STÒR 3

FAIDHLE-FIOSRACHAIDH AN AONaidH EÒRPAICH (AE)

- Tha an EU air fàs thairis air na bliadhnaichean. Ann an 2009, bha 27 ball-stàit ann agus àireamh-sluaigh faisg air 500 millean. Is e 78 bliadhna an dùil-aoise cuibheasach san EU agus tha bàsmhorachd chloinne aig ìre 5 gach 1,000 air am breith beò. Tha mòran dhùthchannan fhathast a' sireadh ballrachd.
- Thathas a' cosg 48% de bhuidseat an EU a' toirt taic do dh'àiteachas agus iasgach ged nach eil na gnìomhachasan sin a' fastadh ach 4% den luchd-obrach. Tha dùil gun tuit an taic seo thairis air na beagan bhliadhnaichean ri teachd agus tha mòran riaghaltasan sa bhallrachd a' faicinn seo riatanach.
- Tha eaconamaidh an EU a' fàs agus a' cur feum air barrachd cheumnaichean oilthigh. Tha dùthchannan an EU am measg an fheadhainn as adhartaiche air an t-saoghal a thaobh teicneòlas. Aig an àm seo, bidh 51% de dhaoine a tha a' fàgail na sgoile a' dol don oilthigh.
- Thairis air gach ball-stàit, tha sgoiltean san EU air ìre litearrachd 96% a ruigsinn. Feumaidh dùthaich sam bith a tha airson ballrachd fhaighinn a bhith comasach air tighinn faisg air an àireamh seo.
- Tha malairt eadar ball-stàitean an EU a' cur ri inbhe dòigh-beatha àrd taobh a-staigh an EU.

Gu cuibheasach, tha neach-obrach anns an EU a' cosnadh €23,100. Tha grunn bhall-stàitean draghail mun àireamh de dhùthchannan bochd a tha a' dèanamh tagradh airson ballrachd.

- Feumaidh an EU 11 millean baraille ola a thoirt a-steach a h-uile latha bho dhùthchannan leithid an Ruis. Tha mòran dhaoine san EU draghail gu bheil e an urra cus ris an Ruis airson ola agus bu toigh leotha buill ùra a thoirt a-steach aig a bheil tasgadh mòr de dh'ola.
- Tha siostaman slàinte is sochairean an EU am measg an fheadhainn as fheàrr air an t-saoghal. Tha buidhnean leithid seann dhaoine is clann a' faighinn cùram math. Feumaidh buill ùra sam bith feuchainn ris na slatan-tomhais sin a ruigsinn.

Meas air Beachdan Poblach an EU

Ceist: Dè cho cudromach 's a tha e gu bheil na tha ri leanas aig buill ùra an EU:

	Gun a bhith cudromach	Gun a bhith glè chudromach	Meadhanach cudromach	Glè chudromach
Poileasaidhean teann a thaobh eucoir?	4%	8%	38%	50%
Cion-obrach ìosal?	0%	0%	48%	52%
Deagh choileanadh a thaobh chòraichean daonna?	2%	10%	53%	35%

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dara cuid** leig le Dùthaich A ballrachd fhaighinn san EU (**Roghainn 1**) no leig le Dùthaich B ballrachd fhaighinn san EU (**Roghainn 2**).

- (i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 gu h-àrd, **dè an roghainn a thaghadh tu?**
- (ii) Thoir seachad adhbharan airson **taic** a thoirt don roghainn agad.
- (iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

10

[CRÌOCH SAMPALL A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN]



Teisteanasan
Nàiseanta
SAMPALL A-MHÀIN

SQ31/N5/01

Nuadh-eòlas

Stiùireadh Ceartachaidh

Tha an Stiùireadh Ceartachaidh seo air a thoirt seachad gus sealltainn mar a bhiodh SQA air an Sampall seo de Phàipear-cheistean a cheartachadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh gus taic a thoirt do theisteanasan SQA air bunait neo-choimearsalta a-mhàin. Ma tha e gu bhith air a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile, feumaidh cead sgrìobhte a bhith air fhaotainn bho sgioba Margaidheachd SQA aig marketing@sqa.org.uk.

Far a bheil stuthan bho stòran eile san fhoillseachadh a thuilleadh air stòran SQA (ie dàrna dlighe-sgrìobhaidh), cha bu chòir an stuth seo ath-riochdachadh ach airson adhbharan deuchainn no measaidh. Ma dh'fheumas e a bhith air ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, is e uallach an neach-cleachdaidh a tha ann an cead dlighe-sgrìobhaidh iomchaidh fhaighinn.



Pàirt a h-Aon: Prionnsapalan Ceartachaidh Coitcheann airson Nuadh-eòlais Nàiseanta 5

Tha am fiosrachadh seo air a thoirt seachad gus do chuideachadh a bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann a dh'fheumas tu a chur an sàs nuair a bhios tu a' ceartachadh freagairtean nan oileanach do na ceistean sa Phàipear seo. Feumaidh na prionnsapalan sin a bhith air an leughadh còmhla ris an Stiùireadh Ceartachaidh sònraichte airson gach ceist. Tha na sgeamaichean ceartachaidh air an sgrìobhadh gus taic a thoirt gu bhith a' dearbhadh 'an fhreagairt as lugha ris an tèid gabhail' an àite a bhith a' dèanamh liosta den h-uile freagairt ceart agus ceàrr a b' urrainn a bhith air a thoirt.

- (a) Feumaidh comharran airson gach freagairt bho oileanach a bhith an-còmhnaidh a rèir nam prionnsapalan ceartachaidh coitcheann sin agus an Stiùireadh Ceartachaidh sònraichte airson na ceist.
- (b) Bu chòir do cheartachadh an-còmhnaidh a bhith dearbhach, ie bu chòir comharran a thoirt seachad airson nan nithean a tha ceart agus chan ann air an toirt air falbh airson mhearachdan no nithean a chaidh fhàgail às.
- (c) (i) Gus comharran a chosnadh, feumaidh puingean a bhith co-cheangailte ris a cheist a chaidh a chur.
(ii) Tha sia seòrsachan ceiste air an cleachdadh sa phàipear-cheistean seo:

A Thoir cunntas, gu mionaideach air, . . .

B Mìnich, gu mionaideach, . . .

C Dè na co-dhùnidhean a ghabhas dèanamh

D Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu

E Mìnich carson a tha a' bheachd ... a' leth-thaghadh na fìrinn

- (iii) Airson gach seòrsa ceist sa phàipear seo, tha na leanas a' toirt sealladh air prionnsapalan ceartachaidh agus eisimpleir den dòigh airson a chleachdadh airson gach seòrsa ceist.

Ceistean a tha a' measadh Eòlas agus Tuigse (4, 6 no 8 comharran)

- Thoir seachad suas ri trì comharran airson **cunntas** singilte sam bith, a rèir caileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd agus eisimpleireachd.
- Thoir seachad suas ri **ceithir** comharran airson **cunntas** singilte sam bith, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd, eisimpleireachd agus freagairtean a sheallas eadar-obrachadh diofar chùisean.
- Bu chòir freagairt mar liosta, air a dhèanamh suas le sreath de phuingean neo-leudaichte 2 chomharra fhaighinn aig an ìre as àirde.
- Far a bheil stiùir ga thoirt do dh'oileanaich eòlas is tuigse shònraichte a thoirt seachad co-cheangailte ri cuspair no cùis shònraichte, bu chòir luchd-ceartachaidh iomradh a thoirt air stiùireadh ceartachaidh na ceist.

Ceistean a tha a' measadh luachadh nan stòran (8 no 10 comharran)

- Thoir seachad suas ri trì comharran airson puing leudaichte a rèir càileachd a' mhineachaidh agus leudachadh an fhianais.
 - Bu chòir moladh mòr a dhèanamh air oileanaich ma nì iad ceangal eadar fiosrachadh taobh a-staigh agus eadar stòran.
 - Airson làn-chomharran fhaighinn, feumaidh an t-oileanach iomradh a thoirt air na stòran gu lèir anns an fhreagairt aca.
- Thoir seachad sia comharran ag a' char as àirde ma chaidh dà stòr a-mhàin a chleachdadh, agus ceithir comharran aig a' char as àirde ma chaidh aon stòr a-mhàin a chleachdadh.

Ceistean a dh'iarraas air an oileanach raon cuingealaichte de stòran a chleachdadh agus co-dhùnaidhean a dhèanamh bhuapa, le fianais a tha taiceil.

- Bu chòir oileanaich tighinn gu co-dhùnaidhean a' cleachdadh nan cinn/puingean-teacs sa cheist.
- Bu chòir moladh mòr a dhèanamh air oileanaich ma nì iad co-dhùnaidhean a tha a' sealltainn ceangal eadar na stòran. Cha bu chòir comharra idir a thoirt seachad airson freagairt a tha dìreach ag aithris air stuthan stòran gun a bhith a' toirt breith no a' tighinn gu co-dhùnaidhean.
- Airson làn-chomharran fhaighinn feumar trì co-dhùnaidhean leudaichte a thoirt seachad.
 - co-dhùnadh 3 comharran
 - Thig an t-oileanach chun a' cho-dhùnaidh aca fhèin a tha tùsail is lèirsinneach letaic bho chòrr air aon phìos fianais dligheach air a chleachdadh bho dhà stòr no bho phàirtean eadar-dhealaichte den aon stòr. Bidh an co-dhùnadh a' toirt breith agus a' cleachdadh briathrachas measaidh.
 - co-dhùnadh 2 chomharra
 - Bidh an t-oileanach a' cleachdadh pìos fianais bhon stòr mar cho-dhùnadh. Bidh an co-dhùnadh seo a' toirt a-steach breith ach cha bhith seo tùsail don oileanach. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun tarraing an t-oileanach puing gu dìreach bho stòr agus gun cleachd e sin mar cho-dhùnadh. Bidh fianais cheart agus bhuntainneach air a chleachdadh bho na stòran a' toirt taic don cho-dhùnadh.
 - co-dhùnadh 1 chomharra
 - Bidh an t-oileanach a' cleachdadh nan cuimhneachan/cinn gus fiosrachadh a rèiteachadh gu ceart bho na stòran ach cha tig e/i gu breithneachadh no co-dhùnadh farsaing sam bith. Eadhon ged a bhiodh grunn phìosan fianais air an liostadh fon cheann cheart, cùm an seòrsa freagairt seo ri aon chomharra.

Ceistean a dh'iarraas air an oileanach raon cuingealaichte de stòran a chleachdadh le bhith a' taghadh fianais bhuapa gus co-dhùnadh/moladh a dhèanamh agus a dhearbhadh.

- Airson làn-chomharran fhaighinn, feumaidh an t-oileanach cuideachd mìneachadh carson a chuir iad às don roghainn eile.
- Thoir seachad suas ri trì comharran airson dearbhadh a rèir buntainneachd agus leudachadh na fianais. Bu chòir moladh mòr a dhèanamh air oileanaich ma nì iad dearbhaidhean a tha a' sealltainn ceangal eadar na stòran.
- Airson làn-chomharran fhaighinn, feumaidh na h-oileanaich an co-dhùnadh/moladh aca a dhearbhadh agus mìneachadh carson a chuir iad às don roghainn eile. Bu chòir ochd comharran aig a' char as àirde a thoirt do fhreagairtean, a tha a' dèiligeadh ri aon cho-dhùnadh a-mhàin.

Ceistean a dh'iarraas air an oileanach raon cuingealaichte de stòran a chleachdadh, a' lorg agus a' mìneachadh far a bheil àibheiseachd no leth-thaghadh na firinn, a' toirt seachad argamaidean leudaichte.

- Thoir seachad suas ri trì comharran airson mìneachadh leudaichte a rèir càileachd a' mhineachaidh agus fianais air a cleachdadh ceart.
- Airson làn-chomharran, feumaidh oileanaich mìneachadh carson a tha an aithris a' dèanamh leth-thaghadh air an fhìrinn; mura dèanar seo, bu chòir 6 comharran aig a' char as àirde a thoirt seachad. Faodaidh oileanaich sealltainn gun deach leth-thaghadh a dhèanamh air an fhìrinn le bhith a' cleachdadh fianais bho na stòran a tha a' toirt taic don bheachd agus nach deach fianais a thaghadh nach eil a' toirt taic don bheachd.

Pàirt a Dhà: Stiùireadh Ceartachaidh airson gach ceist.

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt A	1 Thoir seachad suas ri trì comharran airson aon chunntas, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd agus eisimpleireachd. Tha dà chunntas riatanach airson làn chomharran fhaighinn. Chan fhaighear comharran ach airson dà chunntas aig a' char as motha.	4	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 4 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Bidh buidhnean iomairt a' feuchainn ri cuideam a chur air Riaghaltas na h-Alba le bhith a' togail fianais, a' coiteachadh, athchuingean agus a' faighinn aire nam meadhanan. [2 chomharra ga thoirt seachad gu h-iomlan—freagairt ann an cruth liosta]</p> <p>Faodaidh Aonaidhean Cùird feuchainn ri buaidh a thoirt air an Riaghaltas le bhith a' dol air stailc, mar eisimpleir tha dotairean anns an NHS a' maoidheadh casg obrach. [2 chomharra airson aon phuing agus eisimpleir buntainneach]</p> <p>Faodaidh pàipearan-naidheachd feuchainn ri buaidh a thoirt air an Riaghaltas le bhith a' clò-bhualadh sgeulachdan a tha glè throm air an Riaghaltas. Faodaidh droch fhollaiseachd a dhol an aghaidh an Riaghaltais, mar eisimpleir nuair a thòisich an Daily Record ag iomairt an aghaidh droch eucoir an dòchas gum biodh Riaghaltas na h-Alba agus na cùirtean trom air an sin. [3 comharran airson puing leudaichte le eisimpleirean]</p> <p>Thoir creideas airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <p>Buidhnean-tagraidh</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Iomairtean/gearanan, me gearanan o chionn ghoirid le SDL agus UAF taobh a-muigh Pàrlamaid na h-Alba □ Athchuingean – a' toirt a-steach athchuingean-e agus tagraidhean gu comataidh nan athchuingean. □ Iomairtean gus aire nam meadhanan a thàladh, me iomairt airson slighean sàbhailte rothaireachd a' cleachdadh dhaoine ainmeil leithid Crisdean Hoy a' rothaireachd cuide ri slugh mòr tro Dhùn Èideann.

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<ul style="list-style-type: none"> □ Coiteachadh – a’ cur fios gu buill thaghte na pàrlamaid gus feuchainn ri taic fhaighinn bhuapa. Faodaidh buidhnean iomairt seo a dhèanamh iad fhèin no faodaidh iad luchd-comhairleachaidh fhastadh, leithid luchd-coiteachaidh proifeiseanta. □ Gnìomhan dìreach – modhan iomairt ùpraidheach agus gu tric mì-laghail, me campa sìth Faslane. <p>Aonaidhean-ciùird</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Casg obrach leithid stailcean, obair a rèir riaghailtean, casg air seach-thìm. Dh’fhaodadh seo a bhith gu sònraichte èifeachdach san roinn phoblaich, me na tha san amharc aig dotairean an NHS. □ Iomairtean/gearanan – iomairtean o chionn ghoirid air an cur air dòigh le aonaidhean teagaisg. □ Athchuingean – a’ toirt a-steach athchuingean-e agus tagraidhean gu comataidh nan athchuingean. □ Gnìomhan gus aire nam meadhanan a thàladh, me oifigearan prìosan ag iomairt taobh a-muigh nam prìosan aca. <p>Na Meadhanan</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Pàipearan-naidheachd a’ cur taic/a’ cur an aghaidh iomairtean le buidhnean iomairt, me soilleireachadh o chionn ghoirid air deuchainnean meadaigeach ùra a chaidh a thoirt a-steach airson sochairean ciorraim. □ Pàipearan-naidheachd a’ cur taic/a’ cur an aghaidh partaidh poilitigeach sònraichte aig iomairtean taghaidh, me taic pàipear-naidheachd an Sun ag atharrachadh ann an taghaidhean o chionn ghoirid. □ Pàipearan-naidheachd a’ soilleireachadh mar a tha iad a’ faicinn neo-chomasachd/coileanadh an Riaghaltais, me craoladh an deasbaid mu shochairean coitcheann a bhith a’ leantainn. □ Meadhanan craolaidh fo smachd teann reachdail gus nach urrainn dhaibh feuchainn ri buaidh a thoirt air an Riaghaltas. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' lomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo						
Pàirt A	2	8	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 8 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Bu chòir sia comharran aig a' char as àirde a thoirt do dh'oileanaich nach bi a' mineachadh ach aon chuid buannachdan no eas-bhuannachdan.</p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Tha e na bhuannachd do shiostam ball a bharrachd gur e siostam meadhanach co-chuideach a th' ann.</p> <p style="text-align: right;">[1 chomharra]</p> <p>Tha e na bhuannachd de AMS (siostam ball a bharrachd) gu bheil e a' toirt riochdachadh nas fheàrr do dhaoine oir tha e a' toirt roghainn do luchd-bhòtaidh cò am BPA ris am bruidhinn iad.</p> <p style="text-align: right;">[2 chomharra – puing leudaichte]</p> <p>Tha e na bhuannachd de AMS gu bheil e a' toirt riochdachadh nas fheàrr do dhaoine oir tha e a' toirt roghainn do luchd-bhòtaidh cò am BPA ris am bruidhinn iad. Ann an roinn-phàrlamaid sam bith bidh BPA roinn-phàrlamaid agus BPA liosta agad</p> <p style="text-align: right;">[3 comharra – puing air leth leudaichte]</p> <p>Tha e na bhuannachd do AMS gur e siostam a th' ann far a bheil dà bhòt aig luchd-bhòtaidh. Tha aon bhòt a' cleachdadh siostam àireamh bhòtaichean as motha gus am bi BPA air a thaghadh gu dìreach airson na roinn-phàrlamaid agus tha a' bhòt eile a' cleachdadh siostam an liosta gus BPA roinneil a thaghadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil buannachdan gach siostam aig AMS.</p> <p style="text-align: right;">[4 comharra puingean leudaichte le tomhas de mhion fhiosrachadh agus anailis]</p> <p>Thoir comharran do chunntas air na cùisean a leanas:</p> <table border="1" data-bbox="1010 1257 2085 1453"> <thead> <tr> <th data-bbox="1010 1257 1547 1286">Buannachdan</th> <th data-bbox="1547 1257 2085 1286">Eas-bhuannachdan</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="1010 1286 1547 1390"> <ul style="list-style-type: none"> ○ Barrachd co-chuideachd –Tha ceangal nas fheàrr air a bhith eadar bhòtaichean agus seataichean ann an taghaidhean na h-Alba. </td> <td data-bbox="1547 1286 2085 1390"> <ul style="list-style-type: none"> ○ Cus riochdairean – tha 129 BPA air fhaicinn le mòran mar shiostam a tha “ro mhòr aig a' mhullach”. </td> </tr> <tr> <td data-bbox="1010 1390 1547 1453"> <ul style="list-style-type: none"> ○ A' gleidheadh eileamaidean de FPTP agus mar sin </td> <td data-bbox="1547 1390 2085 1453"> <ul style="list-style-type: none"> ○ Riochdairean pàrlamaid air an taghadh tro dhà shiostam eadar-dhealaichte agus mar sin </td> </tr> </tbody> </table>	Buannachdan	Eas-bhuannachdan	<ul style="list-style-type: none"> ○ Barrachd co-chuideachd –Tha ceangal nas fheàrr air a bhith eadar bhòtaichean agus seataichean ann an taghaidhean na h-Alba. 	<ul style="list-style-type: none"> ○ Cus riochdairean – tha 129 BPA air fhaicinn le mòran mar shiostam a tha “ro mhòr aig a' mhullach”. 	<ul style="list-style-type: none"> ○ A' gleidheadh eileamaidean de FPTP agus mar sin 	<ul style="list-style-type: none"> ○ Riochdairean pàrlamaid air an taghadh tro dhà shiostam eadar-dhealaichte agus mar sin
Buannachdan	Eas-bhuannachdan								
<ul style="list-style-type: none"> ○ Barrachd co-chuideachd –Tha ceangal nas fheàrr air a bhith eadar bhòtaichean agus seataichean ann an taghaidhean na h-Alba. 	<ul style="list-style-type: none"> ○ Cus riochdairean – tha 129 BPA air fhaicinn le mòran mar shiostam a tha “ro mhòr aig a' mhullach”. 								
<ul style="list-style-type: none"> ○ A' gleidheadh eileamaidean de FPTP agus mar sin 	<ul style="list-style-type: none"> ○ Riochdairean pàrlamaid air an taghadh tro dhà shiostam eadar-dhealaichte agus mar sin 								

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>na h-uiread de riochdachadh dìreach – tha fios aig luchd-bhòtaidh anns a h-uile roinn-phàrlamaid cò ris am bruidhinn iad.</p> <ul style="list-style-type: none"> ○ Barrachd roghainn – faodaidh gach neach-bhòtaidh fios a chur gu grunn BhPA air sgàth eileamaid liosta roinneil. ○ Faodaidh pàrtaidhean nas lugha a bhith soirbheachail, m.e. na h-Uainich ann am Pàrlamaid na h-Alba. <p>A' cruthachadh cha mhòr siostam “dà ìre” de BhPA.</p> <ul style="list-style-type: none"> ○ Siostam nas toinnte na FPTP agus mar sin dh'fhaodadh e bhith nas duilghe do chuid de luchd-bhòtaidh a thuigsinn. ○ Le bhith a' gleidheadh eileamaid FPTP leigidh sin le cuid de phartaidhean làmh-an-uachdar mhi-chuimseach a bhith aca, me SNP aig a' bhàrr sa bhaileat seo. <p>Prìomh phuing fiosrachaidh fhirinneach bhuntainneach eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).</p>
Pàirt A	3 Tha e riatanach don oileanach raon cuingealaichte de stòran a chleachdadh agus co-dhùnaidhean iomchaidh a dhèanamh bhuapa, le fianais a chuireas taic riutha.	8	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 8 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>An obair a tha comataidhean a' dèanamh</p> <p>Bidh mòran den obair chudromach aig Pàrlamaid na h-Alba a' dol air adhart anns na comataidhean (Stòr 1). Comataidhean air sgrùdadh poblach, ionmhas, ceartas msaa (Stòr 2). Deasbadaan air eucoir sgeine gan cumail (Stòr 3).</p> <p>[1 chomharra ga thoirt seachad gu h-iomlan – gun cho-dhùnadh no breithneachadh. Sreath de phuingean buntainneach air an rèiteachadh fo cheann ceart.]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Mòran de dh'obair chudromach na Pàrlamaid ga dèanamh anns na comataidhean (Stòr 1). □ Chuireadh crìoch air sgrùdaidhean ann an raon de chuspairean (Stòr 1). □ Dreuchd sgrùdadh obair an Rìghaltais agus reachdas (Stòr 1) ceangal gu paragraf 4 (Stòr 1). □ Faodar ùine deasbaid iarraidh (Stòr 1) ceangal ri (Stòr 3) deasbad air drogaichean leigheas aillse. □ Faodar reachdas a thoirt air adhart – ach cha robh ach aon ann an 2008-09 (Stòr 1). □ Tha Stòr 2 a' sealltainn raon de chuspairean anns a bheil ùidh aig Comataidhean, me Ionmhas, Athchuingean Poblach, Ceartas (Stòr 2).

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<ul style="list-style-type: none"> □ 2008-09 Comataidh nan Athchuingean Poblach – 112 athchuingean ùra air an clàradh; beachdachadh air còrr air 200 athchuinge (Stòr 3). □ Sgrùdadh mun ìre gu bheil drogaichean leigheas aillse rim faotainn (Stòr 3) ceangal ri (Stòr 1). □ Deasbadaan mu eucoir sgeine gan cumail (Stòr 3). □ Co-dhùnadh a dh'fhaodadh a bhith ann – tha comataidhean a' dèanamh mòran obrach agus nam pàirt chudromach de dh'obair Pàrlamaid na h-Alba. <p>Ballrachd nan Comataidhean</p> <p>Tha ballrachd nan comataidhean air a dhèanamh suas de BhPA bho gach partaidh. A' toirt taic dhan seo tha fianais bho Stòr 3 a tha ag ràdh gu bheil 9 buill air Comataidh nan Athchuingean Poblach: 3 Làbaraich, 3 Nàiseantaich, agus aon an urra bho na Tòraidhean, na Libearalaich Dheamocratach agus am Partaidh Uaine.</p> <p>[2 chomharra. Co-dhùnadh ga dhèanamh ach air tighinn bho Stòr 1 – le taic bho fhianais mhionaideach agus bhuntainneach bho Stòr 3.]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha BPA bho gach partaidh nam buill de na comataidhean (Stòr 1). □ Tha Luchd-gairm nan Comataidhean, a bhios sa chathair aig coinneamhan, air an tarraing bho dhiofar phartaidhean (Stòr 1) ceangal ri Stòr 2. □ Luchd-gairm air an tarraing bho Thòraidhean, Làbaraich, SNP, Libearalaich Dheamocratach agus Uainich (Stòr 2). □ Tha 9 buill air Comataidh nan Athchuingean Poblach: 3 Làbaraich, 3 SNP, agus aon an urra bho na Tòraidhean, na Libearalaich Dheamocratach agus am Partaidh Uaine (Stòr 3). □ Co-dhùnadh a bhiodh freagarrach – tha dleasan aig a h-uile partaidh air na Comataidhean. <p>Mar a tha am poball an sàs ann an comataidhean</p> <p>Tha e comasach don phoball a bhith an sàs ann am poilitigs tro shiostam nan comataidhean. [co-dhùnadh tùsail] Tha an co-dhùnadh seo a' faighinn taic bho fhianais bho Stòr 1 a tha ag ràdh gun deach coinneamhan comataidh a chumail air feadh na h-Alba ann an àiteachan mar a' Bhruaich, Inbhir Àir agus Obar Dheathain. Tha tuilleadh taic airson seo ann an Stòr 3 a tha ag ràdh gu bheil siostam Comataidh nan Athchuingean Poblach a' toirt slighe dhìreach a-steach do mhuinntir na coimhearsnachd gu leasachadh phoileasaidhean agus cuideachd gu bheil muinntir na coimhearsnachd air còrr air 1,244</p>

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' lomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>athchuingean a chur a-steach anns na 10 bliadhna a dh'fhalbh. [3 comharran gan toirt seachad]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Chaidh coinneamhan comataidh a chumail air feadh Alba, a' toirt a-steach A' Bhruaich, Inbhir Àir agus Obar Dheathain (Stòr 1). □ Bidh a' mhòr-chuid de chomataidhean a' coinneachadh gach seachdain no gach cola-deug ann an aon de na seòmraichean comataidh aig Pàrlamaid na h-Alba – no ann an àiteachan air feadh Alba (Stòr 1). □ Tha a' mhòr-chuid de choinneamhan fosgailte don t-sluagh (Stòr 1). □ Tha siostam nan athchuingean poblach a' toirt slighe dhìreach a-steach do mhuinntir na coimhearsnachd do leasachadh poileasaidh agus pròiseas sgrùdaidh (Stòr 3). □ Seach gu bheil Comataidh nan Athchuingean Poblach ann tha seo a' ciallachadh gum faod athchuingearan cùisean a tha a' dèanamh dragh dhaibh a thogail gu dìreach leis a' Phàrlamaid aca (Stòr 3). □ Chuir a' chomataidh rannsachadh fad-bliadhna air bhog gus dòighean air mothachadh agus compàirt a' phobaill a sgrùdadh, a thaobh pròiseas nan athchuingean (Stòr 3). □ Tha an siostam athchuinge-e, a cheadaicheas athchuingean a chuir a-steach air-loidhne, air leantainn a' toirt buaidh, agus chaidh timcheall air dà thrìan de dh'athchuingean a chur a-steach san dòigh seo (Stòr 3). □ Chaidh 1,244 athchuingean a chlàradh le muinntir na coimhearsnachd thairis air 10 bliadhna (Stòr 3). □ Co-dhùnadh freagarrach – tha na comataidhean fosgailte don phoball agus faodaidh am poball a bhith an sàs ann an diofar dhòighean. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' lomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt B	4	<p>Thoir seachad suas ri trì comharran airson aon chunntas, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd agus eisimpleireachd. Tha dà chunntas riatanach airson làn chomharran fhaighinn. Chan fhaighear comharran ach airson dà chunntas aig a' char as motha.</p>	<p>4</p> <p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 4 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Bidh buidhnean iomairt a' feuchainn ri cuideam a chur air Riaghaltas na h-Alba le bhith a' togail fianais.</p> <p>[1 chomharra airson puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Faodaidh Aonaidhean Ciùird feuchainn ri buaidh a thoirt air an Riaghaltas le bhith a' dol air stailc, mar eisimpleir tha dotairean anns an NHS a' maoidheadh casg obrach.</p> <p>[2 chomharra airson aon phuing agus eisimpleir bhuntainneach]</p> <p>Faodaidh pàipearan-naidheachd feuchainn ri buaidh a thoirt air an Riaghaltas le bhith a' clò-bhualadh sgeulachdan a tha glè throm air an Riaghaltas. Faodaidh droch fhollaiseachd ainm a thoirt don Riaghaltas, mar eisimpleir nuair a chàin cuid de phàipearan-naidheachd an Riaghaltas airson a bhith a' feuchainn ri 'cìs air pastaidh' a thoirt a-steach agus dh'atharraich an Riaghaltas an inntinn.</p> <p>[3 comharran airson puing leudaichte le eisimpleirean]</p> <p>Thoir comharran airson chùisean co-cheangailte ri na leanas:</p> <p>Buidhnean-tagraidh</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Iomairtean/gearanan, me gearanan o chionn ghoirid taobh a-muigh Taigh nan Cumantan mu chisean oileanach. □ Athchuingean – a' toirt a-steach athchuingean-e. □ Gnìomhan gus aire nam meadhanan a thàladh, me iomairt a rinn Greenpeace an aghaidh sealg nam mucan-mara. □ Coiteachadh –a' cur fios gu buill thaghte na pàrlamaid gus feuchainn ri taic fhaighinn bhuapa. Faodaidh buidhnean iomairt seo a dhèanamh iad fhèin no faodaidh iad luchd-comhairleachaidh fhadastad, leithid luchd-coiteachaidh proifeiseanta. Cuideachd mòr-choiteachadh. □ Gnìomh dìreach – dòighean gearain ùpraidheach agus gu tric mì-laghail, me campa sith Faslane, luchd-millidh seilg, buidhnean a' cur an aghaidh casg breith.

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Aonaidhean-ciùird</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Casg obrach leithid stailcean, obair a rèir riaghailtean, casg air seach-thìm. Dh'fhaodadh seo a bhith gu sònraichte èifeachdach san roinn phoblach, me stailc le dotairean an NHS. □ Iomairtean/gearanan – iomairtean o chionn ghoirid air an cur air dòigh le aonaidhean teagaisg. □ Athchuingean – a' toirt a-steach athchuingean-e. □ Gnìomhan gus aire nam meadhanan a thàladh, me bacadh-gluasaid aig ionadan-stòraidh peatrail. <p>Na Meadhanan</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Pàipearan-naidheachd a' cur taic/a' cur an aghaidh iomairtean le buidhnean iomairt, me taic bho chuid de phàipearan-naidheachd airson referendum a thaobh na Roinn Eòrpa. □ Pàipearan-naidheachd a' cur taic/a' cur an aghaidh partaidh poilitigeach sònraichte aig iomairtean taghaidh, me sgaradh traidiseanta nan Làbarach an aghaidh nan Tòraidhean anns na meadhanan. □ Pàipearan-naidheachd a' soilleireachadh mar a tha iad a' faicinn neo-chomasachd/coileanadh an Riaghaltas, me mar a thachair eadar an t-àrd-chuip agus oifigearan poilis. □ Meadhanan craolaidh fo smachd teann reachdail gus nach urrainn dhaibh feuchainn ri buaidh a thoirt air an Riaghaltas. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' loman	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt B	5	8	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 8 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Bu chòir sia comharran aig a' char as àirde a thoirt do dh'oileanaich nach bi a' mineachadh ach aon chuid buannachdan no eas-bhuannachdan.</p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Tha e na bhuannachd do shiostam àireamh bhòtaichean as motha gu bheil e furasta do luchd-bhòtaidh a thuigsinn.</p> <p style="text-align: right;">[1 chomharra]</p> <p>Aon bhuannachd de FPTP 's e gum faighear buannaiche soilleir anns gach roinn-phàrlamaid oir is e dìreach mòr-chuid shìmplidh a tha a dhìth.</p> <p style="text-align: right;">[2 chomharra – puing leudaichte]</p> <p>Is e eas-bhuannachd de FPTP gu bheil mòran luchd-bhòtaidh ann an seat sàbhailte a' faireachdainn nach eil luach sam bith anns a' bhòt aca. Mar eisimpleir, faodaidh nach gabh neach-taic Làbarach ann an roinn-phàrlamaid shàbhailte Tòraidheach an cothrom air bhòtadh leis nach eil ach glè bheag de chothrom aig na Làbaraich air an seat sin a bhuannachadh.</p> <p style="text-align: right;">[3 comharran – puing leudaichte gu math]</p> <p>Is e eas-bhuannachd de FPTP gu bheil, ann an roinnean-pàrlamaid sàbhailte, tòrr cumhachd aig na partaidhean ann a bhith a' taghadh a' BHP. Mar eisimpleir, ann an seat sàbhailte Làbarach leithid Cathair Chaldainn is Cùl Dùn Beithe (mòr-chuid Làbarach 23,000) dh'fhaodadh nach dèan e diofar sam bith cò thaghas am partaidh Làbarach ionadail mar thagraiche leis gu bheil uimhir de mhòr-chuid aig a' phartaidh. Bidh mòran de luchd-bhòtaidh a' bhòtadh an-còmhnaidh airson an aon phartaidh. Tha seo a' nochdadh gur e luchd-iomairt a' phartaidh ionadail gu ìre mhòr a tha a' taghadh BP agus chan e an luchd-bhòtaidh ionadail. Bidh roinnean-pàrlamaid teann dha-rìribh a' toirt barrachd cumhachd do luchd-bhòtaidh, me, Dùn Èideann a Deas far a bheil mòr-chuid Làbarach de 300.</p> <p style="text-align: right;">[4 comharran – puingean leudaichte le tomhas de mhion-fhiosrachadh, anailis agus eisimpleirean]</p>

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' loman	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo				
			<p>Thoir comharran airson chùisean co-cheangailte ri na leanas:</p> <table border="1" data-bbox="1010 296 2087 1070"> <thead> <tr> <th data-bbox="1010 296 1547 336">Buannachdan</th> <th data-bbox="1547 296 2087 336">Eas-bhuannachdan</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="1010 336 1547 1070"> <ul style="list-style-type: none"> ○ Tha siostam neo-fhillte a' ciallachadh nach eil luchd-bhòtaidh troimh-a-chèile a dh'fhaodadh toirt orra faireachdainn gu bheil iad mar phàirt den phròiseas dheamocratach agus a bhith a' brosnachadh pàirt a ghabhail. ○ □Rìochdaire air a thaghadh gu dìreach - aon gach roinn-phàrlamaid. Faodar BP a chumail cunntachail gu dìreach dhan luchd-bhòtaidh. ○ □Mar as trice, gheibhear co-dhùnadh gu sgiobalta a sheachnas a' mhì-chinnt a th' ann an cuid de shiostaman PR. ○ □Is e cothrom glè bheag a tha aig partaidhean air an iomall mar am BNP air rochdachadh fhaighinn. </td> <td data-bbox="1547 336 2087 1070"> <ul style="list-style-type: none"> ○ Chan eil e co-chuideil agus faodaidh mòran de luchd-bhòtaidh faireachdainn gu bheil na bhòtaichean aca gun fheum, me neach-taic Làbarach ann an seat sàbhailte Tòraidheach. ○ A' brosnachadh luchd-bhòtaidh gu bhith a' bhòtadh gu rangachail. Bheir seo droch bhuaidh air nàdar deamocratach a' phròiseas. ○ Thèid mòran de BhP a thaghadh le beag-chuid den bhòt, sin ri ràdh 's e am buannaiche a gheibh a h-uile dad. ○ Tha e comasach do phartaidh riaghaltas mòr-chuid a stèidheachadh le beag-chuid de bhòtaichean a' phobail. </td> </tr> </tbody> </table> <p data-bbox="1010 1134 2087 1222">Priomh phuing fiosrachaidh fhirinneach bhuntainneach eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>	Buannachdan	Eas-bhuannachdan	<ul style="list-style-type: none"> ○ Tha siostam neo-fhillte a' ciallachadh nach eil luchd-bhòtaidh troimh-a-chèile a dh'fhaodadh toirt orra faireachdainn gu bheil iad mar phàirt den phròiseas dheamocratach agus a bhith a' brosnachadh pàirt a ghabhail. ○ □Rìochdaire air a thaghadh gu dìreach - aon gach roinn-phàrlamaid. Faodar BP a chumail cunntachail gu dìreach dhan luchd-bhòtaidh. ○ □Mar as trice, gheibhear co-dhùnadh gu sgiobalta a sheachnas a' mhì-chinnt a th' ann an cuid de shiostaman PR. ○ □Is e cothrom glè bheag a tha aig partaidhean air an iomall mar am BNP air rochdachadh fhaighinn. 	<ul style="list-style-type: none"> ○ Chan eil e co-chuideil agus faodaidh mòran de luchd-bhòtaidh faireachdainn gu bheil na bhòtaichean aca gun fheum, me neach-taic Làbarach ann an seat sàbhailte Tòraidheach. ○ A' brosnachadh luchd-bhòtaidh gu bhith a' bhòtadh gu rangachail. Bheir seo droch bhuaidh air nàdar deamocratach a' phròiseas. ○ Thèid mòran de BhP a thaghadh le beag-chuid den bhòt, sin ri ràdh 's e am buannaiche a gheibh a h-uile dad. ○ Tha e comasach do phartaidh riaghaltas mòr-chuid a stèidheachadh le beag-chuid de bhòtaichean a' phobail.
Buannachdan	Eas-bhuannachdan						
<ul style="list-style-type: none"> ○ Tha siostam neo-fhillte a' ciallachadh nach eil luchd-bhòtaidh troimh-a-chèile a dh'fhaodadh toirt orra faireachdainn gu bheil iad mar phàirt den phròiseas dheamocratach agus a bhith a' brosnachadh pàirt a ghabhail. ○ □Rìochdaire air a thaghadh gu dìreach - aon gach roinn-phàrlamaid. Faodar BP a chumail cunntachail gu dìreach dhan luchd-bhòtaidh. ○ □Mar as trice, gheibhear co-dhùnadh gu sgiobalta a sheachnas a' mhì-chinnt a th' ann an cuid de shiostaman PR. ○ □Is e cothrom glè bheag a tha aig partaidhean air an iomall mar am BNP air rochdachadh fhaighinn. 	<ul style="list-style-type: none"> ○ Chan eil e co-chuideil agus faodaidh mòran de luchd-bhòtaidh faireachdainn gu bheil na bhòtaichean aca gun fheum, me neach-taic Làbarach ann an seat sàbhailte Tòraidheach. ○ A' brosnachadh luchd-bhòtaidh gu bhith a' bhòtadh gu rangachail. Bheir seo droch bhuaidh air nàdar deamocratach a' phròiseas. ○ Thèid mòran de BhP a thaghadh le beag-chuid den bhòt, sin ri ràdh 's e am buannaiche a gheibh a h-uile dad. ○ Tha e comasach do phartaidh riaghaltas mòr-chuid a stèidheachadh le beag-chuid de bhòtaichean a' phobail. 						

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt B	6 Tha e riatanach don oileanach raon cuingealaichte de stòran a chleachdadh agus co-dhùnaidhean iomchaidh a dhèanamh bhupa, le fianais a chuireas taic riutha.	8	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 8 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>An obair a tha comataidhean a' dèanamh Bidh mòran den obair chudromach aig a' Phàrlamaid a' dol air adhart anns na comataidhean taghte (Stòr 1). Tha Comataidhean Taghte ann airson grunn chuspairean (Stòr 2). Tha cumhachd aig Comataidhean Taghte sgrùdadh a dhèanamh air cuspair sam bith a tha iad ag iarraidh. (Stòr 3). [1 chomharra ga thoirt seachad gu h-iomlan – gun cho-dhùnadh no breithneachadh. Sreath de phuingeann buntainneach air an rèiteachadh fo cheann ceart.]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Bidh cuid den obair as cudromaiche anns a' Phàrlamaid a' dol air adhart anns na Comataidhean Taghte (Stòr 1). □ Is e an dleastanas “sgrùdadh a dhèanamh air cosgaisean, rianachd agus poileasaidh nam prìomh roinnean Riaghaltais” (Stòr 1). □ Thar nam bliadhnaichean, tha dleastanas sgrùdaidh nan Comataidhean Taghte air tighinn gu ìre làn-stèidhichte agus làn-fhoillsichte (Stòr 1). □ Tha prìomh phàirt aig Comataidhean ann an obair na Pàrlamaid – a' gabhail fianais bho fhianaisean, nam measg àrd-bhuill an Riaghaltais, a' sgrùdadh laghan agus a' cumail rannsachaidhean (Stòr 1). □ Tha Stòr 2 a' sealltainn an raon de chuspairean anns a bheil ùidh aig Comataidhean, me Dion, Cùisean Cèin, Roinn an Ionmhais (Stòr 2). □ Bha prìomh phàirt aig Comataidh Taghte Roinn an Ionmhais ann a bhith a' sgrùdadh èiginn ionmhais is bancaireachd ann an 2008-09 (Stòr 3). □ Bidh a' Chomataidh a' taghadh nan cuspairean sgrùdaidh aca fhèin. □ Tha a' Phàrlamaid air ùghdarras a thoirt don Chomataidh cur air tòir “dhaoine, phàipearan agus chlàran.” Mar sin tha cumhachdan aca cuideam a chur air fianaisean a bhith an làthair, leithid Mhinistearan is seirbheisich stàite, agus gun tèid pàipearan is stuthan eile a chur fan comhair (Stòr 3). □ Co-dhùnadh a dh'fhaodadh a bhith freagarrach – Tha comataidhean a' dèanamh mòran obrach agus nam pàirt chudromach de dh'obair Pàrlamaid na RA.

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Ballrachd nan Comataidhean</p> <p>Tha ballrachd nan comataidhean air a dhèanamh suas de BhP nam beingean-cùil bho gach partaidh. Tha fianais bho Stòr 3 a' toirt taic dhan seo a tha ag ràdh gu bheil 8 buill Làbaraich agus dà Libearalach Dheamocratach air Comataidh Taghte Roinn an Ionmhais.</p> <p>[2 chomharra. Co-dhùnadh ga dhèanamh air a thoirt bho Stòr 1 – le taic bho fhianais mhionaideach agus bhuntainneach bho Stòr 3.]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Mar as àbhaist is e buill bho na beingean-cùil a bhios air na Comataidhean (Stòr 1). □ Bidh a' bhallrachd aca a rèir meud gach partaidh ann an Taigh nan Cumantan gu lèir. Tha seo a' ciallachadh gum bi mòr-chuid an-còmhnaidh aig a' phartaidh a tha a' riaghladh. (Stòr 1). □ Thèid a' mhòr-chuid de dh'aithisgean comataidh aontachadh gu h-aona-ghuthach, a' comharrachadh dòigh-obrach nach eil cho partaidheil. Bidh diofar phartaidhean gu tric ag obair còmhla agus a' feuchainn ri aonta fhaighinn anns na comataidhean (Stòr 1). □ Bidh BP bho gach partaidh a' gabhail pàirt ann an obair nan comataidhean le Luchd-gairm nan Comataidhean air an tarraing bho phartaidhean eadar-dhealaichte (Stòr 1). □ Luchd-gairm air an tarraing bho thrì partaidhean, ie Làbaraich, Tòraidhean agus Libearalaich Dheamocratach (Stòr 2). □ Tha 14 ball air Comataidh Taghte Roinn an Ionmhais; Làbaraich 8, Tòraidhean 4, Libearalaich Dheamocratach 2 (Stòr 3). □ Co-dhùnaidhean freagarrach –Tha Comataidhean air an dèanamh suas le gach partaidh ged a tha a' bhallrachd as motha aig a' phartaidh a tha a' riaghladh (Na Làbaraich ann an 2008-09). <p>Mar a tha am poball an sàs ann an comataidhean</p> <p>Tha grunn chothroman aig a' phoball a bhith an sàs ann am poilitigs tro shiostam nan comataidhean taghte. [co-dhùnadh tùsail] Tha an co-dhùnadh seo a' faighinn taic bho fhianais bho Stòr 1 a tha ag ràdh gun deach coinneamhan comataidh a chumail air feadh na dùthcha agus gun robh am poball an làthair. Tha am poball di-beathte a bhith an làthair agus faodaidh iad cuideachd faireachdainn gu bheil iad an sàs tro chraoladh air telebhisean, tro chraoladh air an eadar-lìon agus air an làrach-lìn. Tha am poball air a bhith an sàs ann an sgrùdaidhean Comataidh Taghte o chionn ghoirid, me Fred Goodwin agus cùis cìs nan 10sg. (Stòr 3)</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Faodaidh Comataidhean Taghte coinneamhan a chumail ann an diofar phàirtean den dùthaic h (Stòr 1).

Roinn 1	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<ul style="list-style-type: none"> □ Faodaidh muinntir na coimhearsnachd a bhith an làthair (Stòr 1). □ Tha a làrach-lìn fhèin aig gach comataidh agus tha coinneamhan comataidh air an craoladh air telebhisean agus air an eadar-lìon (Stòr 1). □ Tha muinntir na coimhearsnachd di-beathte a bhith an làthair aig coinneamhan na comataidh. (Stòr 3). □ Aig coinneamh de Chomataidh Taghte an Ionmhais a chaidh a-mach air an telebhisean, thuirte Sir Fred Goodwin a bha na àrd-oifigear aig Banca Rìoghail na h-Alba, ri BP nach “b’ urrainn dha a bhith na bu bhrònaiche” airson na thachair aig àm èiginn nam bancaichean (Stòr 3). □ Co-dhùnidhean freagarrach – tha cothrom aig a’ phoball faighinn a-steach gu obair nan comataidhean. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt C	7	6	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 6 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Bidh an Riaghaltas a' toirt a' pheinnsein do sheann dhaoine. [1 chomharra—puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Bidh an Riaghaltas a' feuchainn ri daoine gun obair a chuideachadh le “Jobcentre plus” a bheir dhaibh comhairle agallaimh an-asgaidh. [2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Tha an Riaghaltas air mion-bhuidhnean cinnidh a chuideachadh tro Achd Co-ionannachd (2010). Tha seo an àite grunn laghan eile an aghaidh gràin cinnidh. Chan fhaodar leth-bhreith a dhèanamh air na buidhnean sin ann an raon beatha sam bith, me taigheadas, cosnadh, sochairean, cur-seachadan, lagh is òrdugh. [3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <p>Mion-bhuidhnean cinnidh</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Dìon bho leth-bhreith tro dhiofar laghan a tha a-nis air an cruinneachadh ann an Achd Co-ionannachd (2010). □ Taic bho grunn iomairtean an aghaidh gràin cinnidh, me “Aon Alba Iomadh Cultar.” □ Grunn shochair sòisealta air an toirt seachad do bhuidhnean iomchaidh, me Taic Teachd A-steach, Sochair Taigheadais. Achd Ath-leasachaidh Shochair a' toirt a-steach na Sochair Choitcheann agus a' dèanamh ath-leasachadh air an t-siostam Maoin Shòisealta. <p>Seann daoine</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Dìon bho leth-bhreith tro dhiofar laghan a tha a-nis air an cruinneachadh ann an Achd Co-ionannachd (2010). □ Solarachadh a' pheinnsean Stàite agus a' toirt a-steach Pheinnsean ùra an Aite-obrach ann an 2012. □ Grunn shochair sòisealta air an toirt do bhuidhnean iomchaidh, me Taic Teachd A-steach, Sochair Taigheadais. Achd Ath-leasachaidh Shochair a tha a' dèanamh atharraichean mòra air Cuibhreann Ciorramachd. □ Seann daoine a' faighinn grunn shochair coitcheann an-asgaidh leithid cùram pearsanta an-asgaidh agus siubhal bus an-asgaidh ann an Alba.

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Daoine gun obair</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Grunn sheirbheisean tro Jobcentre plus leithid “Am Prògram Obrach”, “Clubaichean Obrach”, “Clubaichean Iomairt” agus msaa. Tha Jobcentre plus cuideachd a’ toirt seachad comhairle, goireasan lorg obrach agus mar a gheibhear sochairean. □ Solarachadh shochairean a’ toirt a-steach Creideas Coitcheann ùr a tha ag amas air tagraichean a bhrosnachadh gus tilleadh gu obair. Bheir seo a-steach ath-leasachadh air Tabhartas Cosnaidh is Taic, Tabhartas Luchd-siridh Obrach is msaa. □ Cothroman trèanaidh/ath-thrèanaidh tro fhoghlam leantainneach agus bhuidhnean leithid “Leasachadh Sgilean na h-Alba” sgeamachan leithid Modern Apprenticeships agus an làrach-lìn aca “Mo shaoghal obrach”. <p>Teaghlaidhean aon phàrant</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Dìon bho leth-bhreith tro Achd Co-ionannachd (2010). □ Grunn shochairean sòisealta air an toirt do bhuidhnean iomchaidh, me Taic Teachd A-steach, Sochair Taigheadais. Achd Ath-leasachaidh Shochoirean a’ toirt a-steach na Sochair Choitcheann anns a bheil eileamaid cùram-chloinne a tha an àite Creideas Cìs Cloinne. □ Àiteachan sgoil-àraich an-asgaidh do chlann trì bliadhna is ceithir bliadhna a dh’aois, Ionadan Sure Start, Tabhartasan Màthaireil is msaa. <p>Buidhnean ciorramachd</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Dìon bho leth-bhreith tro Achd Co-ionannachd (2010), an àite grunn laghan mu chòraichean ciorramachd. □ Grunn shochairean sòisealta air an toirt seachad do bhuidhnean iomchaidh, me Taic Teachd A-steach, Sochair Taigheadais. Achd Ath-leasachadh Shochoirean a’ toirt a-steach na Sochair Choitcheann anns a bheil pàigheadh Neo-eisimeileachd Phearsanta. <p>Boireannaich</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Dìon bho leth-bhreith tro Achd Co-ionannachd (2010), an àite grunn phiosan reachdais. □ Grunn shochairean sòisealta air an toirt seachad do bhuidhnean iomchaidh, me Taic Teachd A-steach, Sochair Taigheadais. Achd Ath-leasachadh Shochoirean a’ toirt a-steach na Sochair Choitcheann a bhrosnaicheas tagraichean tilleadh a dh’obair. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt C	8	6	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 6 comharran aig a' char as àirde. Thoir comharran do fhreagairtean a tha a' mineachadh carson a tha slàinte mhath aig cuid no nach eil slàinte mhath aig cuid eile no measgachadh den dà mhodh-obrach gus a' chùis a mhineachadh.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Tha slàinte mhath aig cuid de dhaoine leis gu bheil iad ag ithe glasraich. [1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Tha slàinte mhath aig cuid de dhaoine leis gu bheil iad a' dèanamh eacarsaich gu cunbhalach a tha a' cumail an cridhe fallain agus làidir. [2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Tha cuid de dhaoine le dìth slàinte oir dh'fhaodadh gu bheil iad a' fuireach ann an taigh truagh. Mura bheil teas gu leòr aca no ma tha an taigh fuaraidh, tha iad nas dualtaiche do thinneas mar a' chuing no at-sgòrnain. [3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <p>Chan eil slàinte mhath aig cuid mar thoradh air na roghainnean a nì iad a thaobh an caitheamh-beatha. Tha luchd-smocaidh nas dualtaiche aillse sgamhain fhaighinn, tha luchd-òil nas dualtaiche milleadh a dhèanamh air an grùthan agus tha an fheadhainn a nì ana-cleachdadh air heroin nas dualtaiche fulang le HIV/AIDS. Bidh daoine a' taghadh nan rudan sin a dhèanamh ach tha ceangal ann cuideachd ri bochdainn, me, tha daoine a tha beò ann am bochdainn nas dualtaiche roghnachadh a bhith gam milleadh fhèin anns na dòighean sin. Tha seo air a dhearbhadh seach gu bheil dùil-aoise anns na sgìrean as bochda ann an Alba cha mhòr fichead bliadhna nas giorra na anns na sgìrean beairteach.</p> <p>[4 comharran – puing bhuntainneach, mhionaideach le leudachadh, anailis is eisimpleirean]</p> <ul style="list-style-type: none"> ▫ Buaidh dòigh-beatha – me buaidh smocaidh, ana-cleachdadh deoch-làidir, dìth eacarsaich. ▫ Eas-bhuannachdan sòisealta is eaconamach – me droch bhiadh, buaidh bochdainn. ▫ Cruinn-eòlas agus àrainneachd – me taigheadas bochd, glè bheag de chothrom air goireasan ionadail, ìre mhòr de dh'eucoir.

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<ul style="list-style-type: none"> □ Aois – Mar as sine a tha thu is ann as dualtaiche thu fulang le droch shlàinte. □ Gnè – Bidh boireannaich beò nas fhaide na fir ach tha iad nas dualtaiche fulang le droch shlàinte. □ Cinneadh – Àireamh mhòr de ghrèimean-cridhe, stròcan, trom-inntinn msaa am measg cuid de mhion-chinnidhean. Cuideachd nas dualtaiche fulang le ana-cothrom sòis-eaconamach agus mar sin fulang le droch shlàinte mar thoradh air an seo. <p>Priomh phuing fiosrachaidh fhirinneach bhuntainneach sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt C	9	8	<p><i>Faodar creidseas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 8 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Roghainn 1: Chan eil Dànaidh MacUilleam a' leth-thaghadh na firinn na bheachd “Gu bheil duilgheadas dìth-dachaigh an an Alba air adhbhrachadh le gainnead thaighean.”</p> <p>Bu chòir don oileanach fiosrachadh a thoirt seachad a thagh Dànaidh MacUilleam seach gu bheil e a' toirt taic don bheachd aige.</p> <p>Chan eil beachd Dhànaidh a' sealltainn leth-thaghadh na firinn leis gu bheil Stòr 1 a' sealltainn gu bheil an àireamh de thaighean ùra air a dhol sìos 38%. [1 Chomharra – cleachdadh mionaideach de Stòr 1 ach glè bheag de leudachadh]</p> <p>Chan eil beachd Dhànaidh a' sealltainn leth-thaghadh na firinn leis gu bheil Stòr 1 a' sealltainn gun do thuit an àireamh de thaighean ùra a chaidh a thogail ann an 2011/12 chun na h-ìre as ìsle ann an ceithir bliadhna aig 15,900 agus chan eil faisg air gu leòr an sin gus dèiligeadh ris an àireamh mhòr a tha gun dachaigh –35,515 teaghlaichean a rèir Stòr 1. [2 chomharra—cleachdadh mionaideach agus fiosrachadh mionaideach bho staitistigs]</p> <p>Thoir comharran seachad airson chùisean co-cheangailte ri na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha poileasaidh “Còir air Ceannach” air lùghdachadh de 80,411 [S2] a thoirt ann an àireamh nan dachaighean a tha rim faighinn a tha a' ciallachadh gu bheil nas lugha de “dhachaighean math ann air mhàl” [S1]. □ Chan eil ach 7,847 taighean comhairle falamh [S1] agus chan eil gu leòr an seo leis gun do ghabh na comhairlean ionadail ris gu bheil còrr air 35,000 teaghlach gun dachaigh. [S1] □ Chan eil Comhairlean a' togail thaighean ùra gu leòr, dìreach 5,861 a rèir Stòr 2. Tha seo ann am pàirt air sgàth gun deach 45% a ghearradh bho bhuidseat taigheadas Riaghaltas na h-Alba [S1] a bu chòir a thionndadh air ais [S3] ma thathas gu bhith a' faighinn fuasgladh air na duilgheadasan. <p>Roghainn 2: Tha Dànaidh MacUilleam a' leth-thaghadh na firinn na bheachd gu bheil “An duilgheadas dìth taigheadais ann an Alba air adhbhrachadh seach nach eil taighean gu leòr rim faighinn.”</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Bu chòir don oileanach sealltainn nach do rinn Dànaidh MacUilleam leth-thaghadh air an fhirinn seach nach eil e a' toirt taic don bheachd aige.</p> <p>Tha beachd Dhànaidh MhicUilleam a' sealltainn leth-thaghadh na firinn nuair a tha e ag ràdh 'tha duilgheadas dìth dachaigh ann an Alba air adbhrachadh seach nach eil taighean gu leòr rim faighinn' oir tha stòr 3 a' sealltainn gu bheil daoine air am fàgail gun dachaigh airson diofar adhbharan aig nach eil gnothach sam bith ri dìth thaighean rim faighinn. Tha iad sin a' toirt a-steach dhaoine a tha a' faighinn a-mach à prìosan no ospadal, a tha na adhbhar airson 5% de dhaoine gun dachaigh. Ged nach eil an seo ach aon a-mach à fichead neach, tha an suidheachadh air a dhèanamh nas miosa le gearraidhean mòra an Riaghaltais de 45% a tha air an duilgheadas àrdachadh airson bhuidhnean so-leònte [S3] agus nach eil air a bhith na chuideachadh dha carthannasan leithid SACRO agus APEX aig nach eil mòran maoineachaidh.[S1 agus S3] [3 comharran – fiosrachadh monaideach bho dhà stòr le briathrachas measaidh ga chleachdadh a thaobh na h-àireimh a thugadh a-steach, 's e sin "aon a-mach à fichead a-mhàin" agus "mòran"]</p> <p>Thoir creideas airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha còrr air 40% de dhaoine gun dachaigh às aonais dachaigh airson adhbharan a tha a' toirt a-steach gu bheil iad fo eagal bho nàbannan mi-shòisealta (S1) no fòirneartach (S3). Tha seo a' riochdachadh 5% de dhaoine gun dachaigh agus chan e dìth taigheadais a tha ga adhbhrachadh. □ Bidh cuid de dhaoine gun dachaigh seach nach eil iad a' pàigheadh a' mhàil no morgaids. Is e àireamh beag a tha an seo (5%) ach chan e dìth taigheadais a tha ga adhbhrachadh oir tha 87,000 dachaigh falamh ann an Alba agus tha 7,847 taighean comhairle falamh. □ Tha Dànaidh air fiosrachadh a thaghadh oir tha coimeas eadar a h-uile seòrsa taigh falamh (S1) (87,000) agus tha na h-àireamhan a tha gun dachaigh (35,515) a' sealltainn gu bheil tuilleadh 's a' chòir de dhachaighean ann fa chomhair an iarrtais. □ Tha dìth dachaigh air tuiteam aig ìre 2,585 teaghlaichean bho 2010-11, agus an cois sin tha ìre thaighean ùra air tuiteam. Nam b' e gainnead thaighean a bu chòir, bhiodh dìth dachaigh air a dhol suas. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt D	10	6	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 6 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Bidh na poilis a' feuchainn ri eucoir a lùghdachadh le bhith a' cur dhaoine fo amharas an grèim. [1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Bidh na poilis a' feuchainn ri ìre eucoir a lùghdachadh le bhith a' brosnachadh iomairtean casg eucoir leithid “Neighbourhood Watch”. [2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Bidh na poilis a' feuchainn ri ìre eucoir a lùghdachadh le bhith ag obair anns a' choimhearsnachd. Bidh iad a' tadhal air sgoiltean airson bruidhinn ri sgoilearan agus tha oifigearan “campa” aig cuid de sgoiltean a bhios a' feuchainn ri eòlas nas fheàrr fhaighinn air sgoilearan gus an stiùireadh air falbh bho thrioblaid. Anns an sgoil agamsa bidh mòran de sgoilearan gu cunbhalach a' frithealadh dhiosgothan “Blue Light” a bhios oifigearan poilis ionadail a' cur air chois. [3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ A' cumail lagh is òrdugh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi oifigearan a' coiseachd “air an t-sràid”. □ A' fuasgladh eucoirean, me a' dèanamh sgrùdaidhean, a' cumail agallamhan, a' proiseasadh fianais. Obair an CID. □ Casg air eucoir, me a' tadhal air sgoiltean, Neighbourhood Watch. □ Làthaireachd fhollaiseach aig tachartasan poblach, me tèarainteachd aig geamannan ball-coise. □ Iomairtean, me mathanas coitcheann sgeinean. □ Ag obair comhla ri buidhnean coimhearsnachd agus carthannasan leithid Apex. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt D	11	6	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh' oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 6 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt: Bidh cuid a' dèanamh eucoir seach gu bheil iad air an leamhachadh. [1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Bidh cuid a' dèanamh eucoir seach gu bheil iad air an glacadh le drogaichean agus bidh iad a' goid rudan gus iad sin a cheannach. [2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Bidh cuid a' dèanamh eucoir seach gu bheil iad fo bhuidh an fheadhainn a tha mun cuairt orra. Tha cuideam bho cho-aisean glè chudromach, gu sònraichte am meas dhaoine òga a bhios a' faireachainn gu bheil iad air taobh a-muigh a' chomainn-shòisealta. Faodar cuid de dhaoine òga a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail dhrogaichean agus ri eucoir dìreach airson “gaoir”. [3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <p>Bidh daoine a' dèanamh eucoir airson mòran adhbharan. Bidh mòran de dh'eucoraich a' tighinn bho sgìrean bochda agus bidh iad a' faireachdainn seòrsa de dh'eu-dòchas mu na tha romha sam àm ri teachd. Ach, tha e coltach gur e sannt a tha air cùl “eucoir nan coilearan geala.” Tha mòran de dhaoine a bha glè bheirteach anns na gnìomhachasan ionmhais air a bhith ciontach de ghoid agus foill a dh'aindeoin 's gu bheil a rèir coltais a h-uile càil aca a dh'fheumas iad. Tha mòran a' faicinn “eucoir nan coilearan geala” mar rud do-sheachanta leis gum bi daoine air am buaireadh leis na sùimean mòra airgid a bhios iad a' manaidseadh. Tha an sgainneal mu chosgaisean BP na eisimpleir o chionn ghoirid de “eucoir nan coilearan geala.”</p> <p>[4 comharran – puing bhuntainneach, mhionaideach le leudachadh, anailis is eisimpleirean]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Cùl-fhiosrachadh teaghlaich, giùlan eucorach taobh a-staigh teaghlaich. □ Cuideam bho cho-aisean/luchd-eisimpleir. □ Fuadach chon chomann-shòisealta. □ Droch àrainneachd. □ Suidheachaidhean sòisealta is eaconamach. □ Giùlan eucorach nan òige.

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<ul style="list-style-type: none"> ☐ Sireadh gaoir. ☐ Freagairt do bhochdainn/neo-ionannachd eaconamach. ☐ Sannt. ☐ Eucoir mar thoradh air cothrom. ☐ Ceangal ri deoch-làidir/drogaichean. ☐ A' bhuidh aig meadhanan fòirneartach. <p>Priomh phuing fiosrachaidh fhirinneach bhuntainneach eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt D	<p>12 Feumaidh an t-oileanach measadh a dhèanamh air raon cuingealaichte de stòran, a' lorg agus a' mìneachadh far a bheil àibheiseachd agus/no leth-thaghadh na firinn, a' toirt seachad argamaidean leudaichte.</p> <p>Airson na comharran gu lèir a choileanadh feumaidh oileanaich fianais a shealltainn a chaidh a thaghadh leis gu bheil e a' toirt taic don bheachd agus fianais a shealltainn nach deach a thaghadh leis nach eil e a' toirt taic don bheachd. A thaobh freagairt nach eil a' dèiligeadh ach ri aon taobh den mhìneachadh bu chòir 6 comharran aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	8	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 8 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Roghainn 1: Chan eil Bilidh MacCoinnich air a' bheachd aige a thaghadh, "Is e dòigh math a th' ann airson eucoir sgeine a lùghdachadh gum faigh neach sam bith a thèid a ghlacadh a' giùlan sgian binn prìosain."</p> <p>Bu chòir don oileanach fiosrachadh a thoirt seachad gun do thagh Bilidh MacCoinnich an fhìrinn seach gu bheil i a' toirt taic don bheachd aige.</p> <p>Chan eil beachd Bhilidh air fiosrachadh a thaghadh leis gu bheil Stòr 2 a' toirt taic don bheachd aige oir tha an àireamh a chaidh a dhìteadh airson a bhith a' giùlan sgian nas àirde ann an 2007/08 na ann an 1998/99. [1 chomharra – cleachdadh mionaideach de stòr 2 ach glè bheag de leudachadh]</p> <p>Chan eil Billy air fiosrachadh a thaghadh leis gu bheil Stòr 2 a' toirt taic don bheachd aige oir tha an àireamh a chaidh a dhìteadh airson a bhith a' giùlan sgian air èirigh sa mhòr-chuid de bhliadhnaichean bho 1998/99 nuair a bha e timcheall air 7,000 gus an do ràinig e an àireamh a b' àirde ann an 2006/07 aig còrr air 10,000. [2 chomharra – cleachdadh mionaideach agus làn-fhiosraichte de dh'àireamhan]</p> <p>Thoir comharran airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha buidhnean coimhearsnachd air iarraidh air an Riaghaltas rudeigin a dhèanamh gus bacadh a chur air daoine òga bho bhith a' giùlan a leithid sin de bhuill-airm (Stòr 1) le taic bho "Tha daoine iomagainach mu eucoir." (Stòr 3). □ Thuit an àireamh de dhaoine a chaidh a chur don phrìosan airson a bhith a' giùlan sgian gu poblach chun na h-ìre a b' ìsle ann an còig bliadhna ann an 2008 nuair nach deach ach aon eucorach a-mach à triùir a chur don phrìosan (Stòr 1) le fianais bhon àrdachadh ann an àireamh mhurtan le sgeinean aig an ìre as àirde (53%) (Stòr 2) a' sealltainn nach eil an siostam an-dràsta ag obrachadh. □ Fhuair 1,200 eucorach binn airson a bhith a' giùlan sgian no ball-airm cronail eadar 2004 is 2009, ach is e dìreach 314 dhiubh a fhuair binn prìosain (Stòr 1) le fianais bhon àireamh sa cheud de mhurtan le sgeinean ag èirigh bho 37% ann an 2005 gu 48% ann an 2007 agus làimhseachadh ball-arm cronail ag èirigh bho thimcheall air 9,000 gu 10,000 ann an Stòr 2.

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>□ Ann an 2009, bha aon a-mach à còignear a chaidh a dhìteadh airson a bhith a' giùlan sgian ann an Dùn Èideann air a bhith fo chasaid roimhe seo airson an seòrsa eucoir (Stòr 1) a' sealltainn nach eil binn an-dràsta a' cur bacadh air giùlan sgeinean. Tha seo a' faighinn taic bho 78% de dh'òganaich Ghlaschu a thuirte gun stadadh iad de giùlan sgian nan deidheadh binn prìosain a thoirt dhaibh (Stòr 1).</p> <p>Roghainn 2: Tha Bilidh MacCoinnich a' dèanamh leth-thaghadh air an fhirinn leis a' bheachd aige, "Is e dòigh math a th' ann airson eucoir sgeine a lùghdachadh gum faigh neach sam bith a thèid a ghlacadh a' giùlan sgian binn prìosain."</p> <p>Bu chòir don oileanach fiosrachadh a thoirt seachad nach do thagh Bilidh MacCoinnich seach nach eil i a' toirt taic don bheachd aige.</p> <p>Tha Bilidh MacCoinnich a' leth-thaghadh na fìrinn nuair a tha e ag ràdh, "is e dòigh mhath a th' ann airson eucoir sgeine a lùghdachadh gum faigh neach sam bith a thèid a ghlacadh a' giùlan sgian binn prìosain" oir cha robh ach 30% de dhaoine òga den bheachd gun lùghdaicheadh binnean nas truime eucoir sgeine a tha na fhìor-àireamh beag sa cheud agus tha taic airson seo a' tighinn bho Louise McKay a tha ag ràdh nach e a bhith a' glasadh dhaoine am freagairt airson fuasgladh fhaighinn air an duilgheadas seo.</p> <p>[3 comharran – fiosrachadh monaideach bho dà stòr le briathrachas measaidh ga chleachdadh a thaobh na h-àireamh a thugadh a-steach, 's e sin "a-mhàin" agus "fìor-àireamh beag sa cheud"]</p> <p>Thoir comharran airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <p>□ Thàinig aithris bho Phrìosain na h-Alba nach robh, mar thoradh air na prìosain a' cur thairis, eucoraich a' coileanadh na làn-bhinn a chaidh a chur orra, agus gun robhas gan leigeil a-mach tràth (Stòr 1). Tha seo a' sealltainn ma thèid binn do-sheachanta a thoirt a-steach gum bi barrachd phrìosan a' cur thairis.</p> <p>□ Bha 30% de dhaoine òga den bheachd nan deidheadh binn nas truime a thoirt a-steach gun lùghdaicheadh sin eucoir sgeine (Stòr 1) a tha na mhion-chuid a' faighinn taic bho Stòr 3. "Chan e a bhith a' cur daoine fo ghlaic am freagairt..."</p> <p>□ Bha 53% de dheugairean a chaidh a cheasnachadh den bheachd gum biodh binnean coimhearsnachd na pheanas iomchaidh do daoine òga a bha a' giùlan sgian. Le taic bho Stòr 3. "Chuidicheadh pròiseactan coimhearsnachd le bhith ag ionnsachadh do daoine òga na dh'fhaodadh iad de mhilleadh a dhèanamh orra fhèin agus air cuid eile le bhith a' giùlan sgian." (Stòr 3).</p>

Roinn 2	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt E	<p>13</p> <p>Thoir seachad suas ri trì comharran airson aon chunntas, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd agus eisimpleireachd. Tha dà chunntas riatanach airson làn chomharran fhaighinn. Chan fhaighear comharran ach airson dà chunntas aig a' char as motha.</p> <p>Faodaidh fòcas nam freagairtean a bhith air aon sam bith de na dùthchannan G20 agus bithear an dùil gun toir oileanaich eisimpleirean seachad bhon dùthaich sin.</p> <p>A thaobh fhreagairtean nach bi a' toirt iomradh sònraichte air cumhachd mhòr bu chòir 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	4	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 4 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Faodaidh saoranaich a bhith an sàs ann am poilitigs le bhith a' faighinn ballrachd ann am partaidh poilitigeach.</p> <p>[1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Faodaidh daoine ann an Astràilia pàirt a ghabhail ann am poilitigs le bhith a' bhòtadh ann an taghaidhean nuair a tha iad 18 no nas sine.</p> <p>[2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Faodaidh saoranaich ann an Ameireaga pàirt a ghabhail ann am poilitigs le bhith a' faighinn ballrachd ann am buidheann le ùidh ris an aontaich iad (me Comann Nàiseanta nan Raidhfìlean) agus le bhith a' cuideachadh le iomairt airson laghan sònraichte. Tha an NRA a' toirt taic do chòir seilbh fhaighinn air gunnaichean anns na SA agus faodaidh saoranaich pàirt a ghabhail ann an tachartasan laghail leithid chaismeachdan, cruinneachaidhean, athchuingean, sgrìobhadh litrichean gu Seanadairean msaa.</p> <p>[3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleireachd]</p> <p>Thoir comharran seachad airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> □ bhòtadh ann an taghaidhean aig diofar ìrean □ ballrachd ann am partaidhean poilitigeach □ seasamh mar thagraiche ann an taghaidhean □ togail airgid □ iomairtean partaidh □ ballrachd is gnìomhan ann am buidheann ùidh □ gearan/gnìomh dìreach <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt E	<p>14</p> <p>Thoir seachad suas ri trì comharran airson aon mhìneachadh, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd, eisimpleireachd agus freagairtean a sheallas an ceangal eadar diofar chùisean. Tha dà mhìneachadh riatanach airson làn chomharran fhaighinn. Chan fhaighear comharran ach airson dà mhìneachadh aig a' char as motha.</p> <p>Faodaidh fòcas nam freagairtean a bhith air aon sam bith de na dùthchannan G20 agus bithear an dùil gun toir oileanaich eisimpleirean seachad bhon dùthaich sin.</p> <p>A thaobh fhreagairtean nach bi a' toirt iomradh sònraichte air cumhachd cruinne bu chòir 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	6	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 6 comharran aig a' char as àirde. Thoir comharran do fhreagairtean a bhios a' mìneachadh neo-ionannachdan shòisealta, neo-ionannachdan eaconamach no measgachadh den dà chuid.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Tha neo-ionannachd anns na SA oir tha cuid de dhaoine nach eil a' dèanamh idir math anns an sgoil.</p> <p>[1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Ann an Sìona, bidh cuid de dhaoine anns na sgìrean dùthchail fhathast an urra ri dòighean traidiseanta de chùram slàinte, a tha aocoltach ris na dòighean agus na h-uidheaman ùra anns na bailtean.</p> <p>[2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Ann an Canada, tha cuid de dhaoine glè bheirteach fhad 's a tha feadhainn eile air tuarastal gu math ìosal. Is e dùthaich chalpach a th' ann an Canada agus mar sin faodaidh daoine a shoirbhicheas ann an gnìomhachas a bhith gu math beairteach. Faodaidh buidhnean eile aig a bheil 's dòcha teisteanasan bochda a bhith glaiste ann an obraichean le pàigheadh ìosal no a bhith an urra ri sochairean.</p> <p>[3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <p>Tha mòran dhaoine anns na h-Innseachan beò ann an taighean truagha. Tha mòr-bhailtean nan Innseachan air fàs gu mòr anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh leis gu bheil eaconamaidh nan Innseachan mar aon den fheadhainn as motha a tha a' fàs air an t-saoghal. Tha mòran dhaoine a' fuireach anns na bailtean seantaidh no slumaichean nach deach a thogail ceart agus nach eil sàbhailte no fallain. Ged a tha cuid de dh'Innseanaich glè bheirteach, tha a' mhòr-chuid bochd agus ag obair ann an obraichean gun sgilean, agus mar sin chan eil airgead gu leòr aca airson gluasad a-mach às na sgìrean bochda sin. Tha na daoine a tha a' fuireach anns na slumaichean sin nas buailtiche a bhith a' fulang le dìth-slàinte, a bhith a' fulang air sgàth eucoir agus gun a bhith a' soirbheachadh ann am foghlam. Tha seo a' ciallachadh gum bi neo-ionannachd taigheadais a' leantainn.</p> <p>[4 comharran – puing bhuntainneach, mhionaideach le leudachadh, anailis is eisimpleirean]</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Thoir comharran airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <input type="checkbox"/> neo-ionannachd foghlaim <input type="checkbox"/> neo-ionannachd slàinte <input type="checkbox"/> cosnadh/cion-cosnaidh <input type="checkbox"/> beairteas/bochdainn <input type="checkbox"/> taigheadas <input type="checkbox"/> neo-ionannachd gnè <input type="checkbox"/> neo-ionannachd cinnidh <input type="checkbox"/> neo-ionannachd clas sòisealta <p>Prìomh phuing fiosrachaidh fhirinneach bhuntainneach eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt E	<p>15 Feumaidh an t-oileanach measadh a dhèanamh air raon cuingealaichte de stòran, gus an dèan agus an dearbh e/i co-dhùnadh/moladh. Feumaidh an t-oileanach cuideachd mìneachadh carson a chuir iad às don roghainn eile.</p> <p>Airson na comharran gu lèir a choileanadh feumaidh oileanaich mìneachadh carson nach do thagh iad an roghainn eile. A thaobh freagairt nach eil a' dèiligeadh ach ri aon thaobh den mhìneachadh bu chòir 8 comharran aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	10	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 10 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Roghainn 1: Tog Dama Melo Bonte</p> <p>Bu chòir dhan Riaghaltas Dama Melo Bonte a thogail oir tha e deatamach airson leudachadh leantainneach air an eaconamaidh, leis gum feum am mòr-shluagh a tha a' sìor fhàs barrachd dealain.</p> <p>[1 Chomharra – fianais air fhaighinn bho Stòr 1]</p> <p>Bu chòir dhan Riaghaltas Dama Melo Bonte a thogail oir tha e deatamach airson leudachadh leantainneach air an eaconamaidh, mar a tha Stòr 1 ag ràdh gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine a' cur an taic ris a' cho-dhùnadh an dama a thogail agus gu bheil seo a' faighinn taic bhon chunntas-bheachd ann an Stòr 2 a tha a' sealltainn gu bheil 65% de dhaoine ag aontachadh ris a' cho-dhùnadh an dama a thogail.</p> <p>[2 chomharra – fianais le ceangal bho Stòr 1 agus Stòr 2]</p> <p>Thoir comharran seachad do iomradh air na cùisean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Thuirt Ministear Mhèinnichean is Cumhachd gum bi “pàirt chudromach ann an leasachadh” na sgìre aig Ionad Melo Bonte, a thèid a thogail faisg air beul-aibhne Abhainn Celdy anns a' choille-uisge, agus “thèid airgead diolaidh a thoirt do dhaoine a thèid a ghluasad airson air sgath an dama” (Stòr 1). □ Tha an Riaghaltas ag ràdh gu bheil an dama deatamach airson leudachadh leantainneach air an eaconamaidh, leis gu bheil feum aig an dùthaich air barrachd dealain (Stòr 1). □ Tha cuid den luchd-còmhnaidh an àite air a bith a' dìon an dama oir tha iad an dòchas buannachd fhaighinn bho na 18,000 obair dhìreach agus na 80,000 obair neo-dhìreach a tha an Riaghaltas ag ràdh a chruthaichheadh am pròiseact. (Stòr 1) □ Tha dùil gun toir Dama Melo Bonte dealan do 23 millean dachaigh. □ Thuirt an Riaghaltas gu bheil a' mhòr-chuid den t-sluagh a' cur an taic ris a' cho-dhùnadh airson an dama a thogail (Stòr 1). □ Dh'aontaich 65% den mhòr-shluagh ri co-dhùnadh an Riaghaltais Dama Melo Bonte a thogail (Stòr 2).

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p> <input type="checkbox"/> 20 Ògmhios. Tha mòran de mhuinntir na sgìre a' cur an taic ris an dama seach gun tig obraichean na chois a thèid an àite nan obraichean a chaidh a chall nuair a chaidh casg a chur air gearradh fiodha gu mì-laghail (Stòr 3). </p> <p> <input type="checkbox"/> 15 Iuchar. Tha na companaidhean a tha a' togail an dama ag aontachadh SA\$803 millean a phàigheadh gus pàircichean a chruthachadh agus gus a bhith a' cuideachadh le sùil a chumail air coilltean agus a' pàigheadh airgead dìolaidh do dhaoine air a bheil an dama a' toirt buaidh (Stòr 3). </p> <p>Adhbharan airson an roghainn eile a dhiùltadh.</p> <p>Dhiùlt mi an roghainn gun an dama a thogail oir ged a tha luchd-iomairt ag ràdh gun dèan an dama droch mhilleadh air a' choille-uisge agus gum faodadh buaidh a bhith aige air beatha suas ri 50,000 neach-còmhnaidh sa choille-uisge, tha Stòr 3 ag ràdh gu bheil na companaidhean a tha gu bhith a' togail an dama ag aontachadh SA\$803 millean a phàigheadh gus pàircichean a thogail agus cuideachadh le sùil a chumail air coilltean agus a' pàigheadh airgead dìolaidh do dhaoine air a bheil an dama a' toirt buaidh. [2 chomharra]</p> <p>Roghainn 2: Na tog Dama Melo Bonte Cha bu chòir don Riaghaltas Dama Melo Bonte a thogail oir tha luchd-iomairt ag ràdh gun dèanadh an dama a tha san amharc droch mhilleadh air a' choille-uisge agus gum biodh buaidh aige air beatha suas ri 50,000 neach-còmhnaidh na coille-uisge (Stòr 1).</p> <p>Ann an cunntas-bheachd cha do dh' aontaich ach 12% de luchd-còmhnaidh na coille-uisge agus thuirt mòr-chuid mòr de 85% nach robh iad ag aontachadh ris a' cho-dhùnadh an dama a thogail.</p> <p>[3 comharra – fianais le ceangal bho Stòr 1 (1 chomharra) le cleachdadh mionaideach de dh'fhianais bho Stòr 2 a' sealltainn briathrachas luachaidh (2 chomharra)].</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Thoir comharran airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <p>Argamaidean airson cur an aghaidh togail Dama Melo Bonte</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha am pròiseact air ùpraid adhbhrachadh, le breitheamhan, daoine ainmeil ann a' Hollywood, buidhnean iomairt àrainneachd agus muinntir na sgìre a' cur na aghaidh (Stòr 1). □ Anns a' Ghiblean 2010, thog stiùiriche <i>Avatar</i> Seumas Camshron, agus dithis chleasaichean bhon fhilm, fianais an aghaidh seo. (Stòr 1) □ Tha luchd-iomairt ag ràdh gun dèanadh an dama a tha san amharc “droch mhilleadh” air eag-shiostam na coille-uisge agus gum biodh buaidh aice air beatha suas ri 50,000 neach-còmhnaidh leis gum faodadh an t-uisge tighinn thairis air 500 cileamatair ceàrnagach (Stòr 1). □ Tha cuid de dh'èolaichean agus de riochdairean gnìomhachasan lùth cuideachd a' cur an aghaidh an dama. Tha iad ag ràdh gum bi an fhìor chosgais 60% nas àirde na am buidseat SA\$10.8 billean aige agus nach bi i ag obair ach aig 40% den chomas aice mar thoradh ar lùghdachadh san uisge ann an Abhainn Celdy ann an àm tioram na bliadhna (Stòr 1). □ Ann an cunntas-bheachd chuir 85% de luchd-còmhnaidh na coille-uisge an aghaidh co-dhùnadh an Riaghaltais Dama Melo Bonte a thogail (Stòr 2). □ Tha còrr air leth nan daoine den bheachd gur e milleadh na h-àrainneachd am prìomhachas as motha a tha fa chomhair na dùthcha. (Stòr 2). □ Tha 62% de dhaoine den bheachd gur e an t-seirbheis slàinte an fhìor phrìomhachas a tha fa chomhair na dùthcha. (Stòr 2) □ 12 Giblean, tha daoine ainmeil gu h-eadar-nàiseanta a' frithealadh iomairtean còmhla ri còrr is 500 neach-iomairt ag iarraidh gun deidheadh am pròiseact airson dama Melo Bonte a thogail a stad (Stòr 3). □ 15 Giblean, le cuideam a' tighinn bho muinntir na sgìre is luchd-iomairt, tha luchd-poilitigs ionadail a' faighinn òrdugh cùirt gus casg a chur air companaidhean bho bhith a' cur a-steach tagradh airson an dama a thogail (Stòr 3). □ 2 Iuchar, Tha luchd-iomairt ag ràdh gun cum iad ag iomairt a dh'aindeoin 's gun deach an cùmhnant a thoirt seachad (Stòr 3). <p>Adhbharan airson an roghainn eile a dhiùltadh.</p> <p>Dhiùlt mi an roghainn airson an dama a thogail leis gu bheil mòran ghearanan air tighinn bho dhaoine ainmeil Hollywood agus buidhnean iomairt àrainneachd agus riochdairean</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>a' riochdachadh luchd-còmhnaidh na coille uisge. [aon comharra ga thoirt seachad airson aon phìos fiosrachaidh bho Stòr 1 gun cheangal ga dhèanamh. Na toir comharra seachad ma chaidh comharran a thoirt seachad mu thràth airson na puing seo.]</p> <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt F	<p>16</p> <p>Thoir seachad suas ri trì comharran airson aon chunntas, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd agus eisimpleireachd. Tha dà chunntas riatanach airson làn chomharran fhaighinn. Chan fhaighear comharran ach airson dà chunntas aig a' char as motha.</p> <p>Faodaidh fòcas nam freagairtean a bhith air cùis chruinneil sam bith agus bithear an dùil gun toir oileanaich eisimpleirean seachad a tha buntainneach don chùis sin.</p> <p>A thaobh fhreagairtean nach bi a' toirt iomradh sònraichte air cùis chruinneil, bhuntainneach bu chòir 2 chomharra aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	4	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 4 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt: Bidh Banca na Cruinne a' toirt iasadan do dhùthchannan. [1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Bidh an t-Aonadh Afraganach a' feuchainn ri cuideachadh le bhith a' cur stad air strì eadar dùthchannan ann an Afraga le bhith a' cumail chòmhradhean sìthe ris na stiùirichean aca. [2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Tha na Dùthchannan Aonaichte air feuchainn ri fògarraich a chuideachadh ann am mòran de sgìrean bochda air an t-saoghal. O chionn ghoirid, tha iad air bhith a' solarachadh chungaidhean leigheis èiginneach, fasgaidhean agus uisge glan do dhaoine ann an “Adharc Afraga” leis gun do dh'fhuiling iad fìor dhroch thart. Choisich mòran dhaoine ceudan mhiltean gu campaichean fhògarrach dìreach gus biadh bunaiteach agus uisge glan fhaighinn. [3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <p>Thoir comharran seachad airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <p>Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte. Bidh na Dùthchannan Aonaichte a' làimhseachadh dhuilgheadasan eadar-nàiseanta mar as trice tro na “Buidhnean Sònraichte” aca.</p> <p>UNICEF</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Buidheann a tha an sàs ann a bhith a' cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan sònraichte chloinne. □ Leasachadh ath-uisgeachaidh tron bheul air feadh Afraga. □ Iomairt ann an Afraga a Deas gus casg a chur air sgaoileadh AIDS bho mhàthraichean gu clann – a' stèidheachadh chlionaigean, a' tadhal sgoiltean agus iomairtean phostairean/TBh. □ Iomairt gus clann-shaighdearan a chuideachadh ann an campaichean – ‘sgaoileadh-feachd’ ann an Sudan.

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>WHO</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Buidheann a tha an sàs ann a bhith a' cuideachadh le feumalachdan slàinte Afraga. □ Sgrùdadh air tinneasan bàsmhor Afraga leithid AIDS agus mailèiria. □ A' togail agus a' sgeadachadh chlionaigean air feadh Afraga mar a rinneadh o chionn ghoirid anns a' Chongo. □ Iomairt gus barrachd dhaoine fhaighinn a bheir seachad fuil ann an Etiòpia. Bidh seo cuideachd a' toirt a-steach phrògraman trèanaidh is foghlaim. □ Prògraman banachdach leantainneach an aghaidh polio air feadh Afraga deas air an Sahara. □ Tabhartas uidheamachd ICT do mhinistrealachd slàinte Afraga gus cuideachadh le bhith a' co-òrdanachadh cùram-slàinte agus cleachdadh ghoireasan slàinte. □ A' toirt taic do iomairtean carthannais gus seann speuclairean a chur a dh'Afraga. <p>UNESCO</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Buidheann a tha an sàs ann a bhith a' cuideachadh le feumalachdan foghlaim, cultair is saidheans ann an Afraga. □ A' stèidheachadh làraichean dualchais cruinne gus dualchas Afraga a dhìon. □ A' trèanadh luchd-teagaisg le iomairt ann an Afraga a deas air an Sahara (TTAFSA). □ Iomairt ILAC—iomairt Litearrachd airson Comasachaidh. □ Iomairt sgoil ann am màileid. A h-uile uidheamachd airson seòmar-sgoile a ruith, an àite sam bith, ann an aon mhàileid. □ EDUCAIDS—iomairt gus foghlam AIDS adhartachadh air feadh Afraga. □ Foghlam don h-uile neach ro 2015. Prìomh iomairt UNESCO gus feuchainn ri amasan Leasachaidh na Mìle Bliadhna a choileanadh. <p>FAO</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Buidheann a tha gu mòr co-cheangailte ri bhith a' dèanamh biadh ann an Afraga agus a' cuideachadh le bhith a' leasachadh èifeachdas àiteachais. □ Iomairt o chionn ghoirid an aghaidh prìsean àrda bìdh. □ Cuideachadh do thuathanaich bheaga airson toradh a chur am meud, me prògram rus èiginneach ann an taobh an iar Afraga. □ Iomairtean gus bàrr ann an cunnart a dhìon an aghaidh bhiorasan agus ghalaran, me cassava. □ Iomairtean gus tuathanaich oideachadh a thaobh cleachdadh todhair agus uidheamachd tuathanais. □ Maoineachadh sgrùdaidh mu shìol GM agus “bith-àiteachas” eile.

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>WFP</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Ag ullachadh athisgean a bhios a' cuideachadh Riaghaltasan Nàiseanta agus NGOs gu bhith a' tuigsinn nas soilleire dè na duilghadasan a th' ann le tèarainteachd bìdh, beathachadh, slàinte agus foghlam taobh a-staigh dùthaich. □ A' lùghdachadh an acrais agus gainnead beathachaidh anns a h-uile àite. □ A' sàbhaladh beatha dhaoine agus a' dìon bith-beò ann an èiginn le bhith a' faighinn biadh gu sgiobalta gu far a bheil an fheum as motha air. Bìdh an WFP a' dèanamh seo le bhith a' cur ath-thagraidhean air chois chun na coimhearsnachd eadar-nàiseanta airson airgead agus taic bìdh. □ Tha an WFP gu h-iomlan an urra ri tabhartasan saor-thoileach airson an obair a mhaoineachadh. □ A' toirt piseach air agus ag ath-thogail beatha dhaoine às dèidh èiginn. <p>Comhairle Tèarainteachd</p> <p>Is e buidheann beag de chòig-deug bhall-stàitean (Còig buill maireannach agus 10 buill neo-mhaireannach, air an taghadh airson teirm dà bhliadhna) a tha ann an Comhairle Tèarainteachd an UN. Faodaidh tosgairean bho na còig-deug dùthchannan coinneachadh gun dàil gus beachdachadh air cùisean tèarainteachd na cruinne. Beachdaichidh iad air na gnothaichean sin agus faodaidh iad molaidhean a chur air adhart a bheir a-steach ionnsaigh armailteach, smachd-bhannan, miseanan cumail sìthe, rèite msaa.</p> <p>NATO</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha NATO air feuchainn ri dèiligeadh ri ionnsaighean ceannairc (9/11, bomaichean an rèile fo-thalamh ann an Lunnainn, bomaichean Mhadrid, ionnsaigh port-adhair Ghlaschu) le bhith a' cur iomairtean air adhart ann an Afganastan agus Iraq mar phàirt den "Chogadh an aghaidh Ceannairc." Cuideachd ann a bhith an sàs ann an Libia. □ Prògram Dìon an aghaidh Ceannairc NATO a chaidh a stèidheachadh ann an 2004. Air sgàth dhùthchannan mar Iran a bhith a' feuchainn ri armachd niùclasach a thogail, tha NATO air casg malairt msaa a stèidheachadh le co-obrachadh Comhairle Tèarainteachd an UN. Tha còmhraidhean dioplòmasach air a bhith ann cuideachd gus tuilleadh lùghdachaidh a thoirt air armachd niùclasach, agus is dòcha cur às gu tur do sheòrsaichean àraidh de armachd niùclasach □ Tha feachd nèibhidh eadar-nàiseanta aig NATO airson a bhith a' gèard "raointean" spùinneadaireachd gu sònraichte far costa an ear-thuath Afraga. □ A' leasachadh shiostaman dìon urchairean ùra gus dùthchannan NATO a dhìon. □ Tèarainteachd saidhbear – Prìomh ionnsaigh saidhbear air Estòinia, a tha na ball de NATO, ann an 2007 le luchd-ionnsaigh Ruiseanach. Sìona "a' gabhail thairis" 15 sa cheud de thrafaig eadar-lìon an t-saoghail ann an 2010. Barrachd trèanaidh ann an dìon saidhbear airson buill NATO. Siostaman rabhadh tràth nas fheàrr gus

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>buill NATO a dhion bho ionnsaighean saidhbear.</p> <p>Banca na Cruinne</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Is e institiud ionmhais eadar-nàiseanta a tha ann am Banca na Cruinne a tha a' toirt iasadan do dhùthchannan fo leasachadh airson phrògraman calpa. □ Tha Banca na Cruinne a' maoinachadh phròiseactan a tha ag amas air dèiligeadh ri bochdainn, a' cur am meud tasgadh ann an dùthchannan bochda, a' cur am meud malairt eadar-nàiseanta is msaa. □ Chaidh cuideachadh a thoirt do Haiti airson taighean agus bun-structar ath-thogail, thathas air trèanadh ann an ICT a thoirt do ghrunn dhùthchannan Afraganach, chaidh taic a thoirt do bhancannan ann an dùthchannan mar Nepal tro chrionadh eaconamach an t-saoghail. □ Thathas air iasadan a thoirt seachad air feadh an t-saoghail gus taic a thoirt do fhoghlam, cungaidhean-leigheis agus pròiseactan uisge glan. <p>An t-Aonadh Eòrpach</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Co-obrachadh eadar ball-stàitean, me èiginn ionmhais na h-Èireann no taic ionmhais na Grèige. Oidhirpean air seasmhachd eaconamach eadar-nàiseanta a chruthachadh. □ Taic roinneil a' toirt tasgadh agus obraichean, me bun-structar do dh'àiteachan mar a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a' cuideachadh le neo-ionannachd air feadh an Aonaidh. Bidh saorsa gluasaid cuideachd a' cuideachadh le fuasgladh air neo-ionannachd. Bidh taic roinneil a' toirt buannachd do na dùthchannan as bochda san Roinn Eòrpa. □ Oidhirpean tron CFB agus CAP gus stuthan bìdh a dhion agus stocan èisg a ghleidheadh. □ Bidh an EU a' feuchainn ri sìth is tèarainteachd a bhrosnachadh agus tha iad air a bhith an sàs ann an raointean taobh a-muigh na Roinn Eòrpa o chionn beagan bhliadhnaichean. Ann an 2004, ghabh Eufor thairis a bhith a' cumail na sìthe ann am Bosnia-Herzegovina agus chuir iad 6,000 saighdear ann. Tha Feachd Dion na h-Eòrpa (EDF) cuideachd air a bhith an sàs ann am Poblachd Dheamocratach a' Chongo, Georgia, Indonisia, Sudan agus Palestine. O chionn ghoirid bha an EU an sàs ann an Libia. □ Thèid taic daonnachd a thoirt seachad (me Libia) ann an compàirt ris an UN agus NGOs eile. Bheir e taic do dh'fhògarraich, cuidichidh e leòintich, cuiridh e casg air ana-cleachdadh chòraichean daonna agus bìdh e a' coinneachadh ri feumalachdan bunaiteach eile. □ Bidh an EU a' feuchainn ri obraichean is beairteas a chruthachadh air feadh nam ball-stàitean tron Airgead Shingilte Eòrpach.

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>An t-Aonadh Afraganach</p> <ul style="list-style-type: none"> ▫ Buidheann de dhùthchannan Afraganach a tha ag amas air a bhith a’ brosnachadh agus ag adhartachadh sìth is tèarainteachd, a’ toirt piseach air beatha shòis/eaconamach nan Afraganach agus a’ brosnachadh deamocrasaidh is còraichean daonna. ▫ Tha an EU air a bhith aig cridhe na strì an aghaidh AIDS. Tha iad air taic a thoirt do phrògraman foghlaim a bharrachd air a bhith a’ maoineachadh ionadan leigheis agus a’ trèanadh luchd-obrach speisealta. ▫ Dh’fheuch an EU ri fuasgladh sìtheil fhaighinn ann an cogadh catharra Libia ann an 2011. Tha an EU air a bhith an sàs ann am “fuasgladh còmhstri” ann an grunn chogaidhean Afraganach. ▫ Tha saighdearan an EU air a bhith gnìomhach mar luchd cumail na sìthe agus mar luchd-sabaid ann an Somalia, a’ sabaid an aghaidh al-Shabab. ▫ Tha an EU air eucoraich cogaidh a ghlacadh, an cur an grèim agus an toirt gu cùirt ann an grunn chogaidhean Afraganach. <p>Carthannasan agus NGOs eile</p> <ul style="list-style-type: none"> ▫ Bhiodh dùil agad ri iomradh air carthannasan leithid Oxfam, Save the Children, A’ Chrois Dhearg msaa. ▫ Taic mheadaigeach, banaltraman, dotairean, cungaidhean-leigheis. ▫ Taic bìdh, air a thoirt seachad aig àm èiginn leithid tart no cogadh catharra. ▫ Faochadh èiginneach nuair a tha fògarraich nan èiginn, me biadh, uisge glan, banachdaich, fasgadh, leigheasan meadaigeach eile. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt F	<p>17</p> <p>Thoir seachad suas ri trì comharran airson aon mhìneachadh, a rèir càileachd, ìre mion-fhiosrachaidh, buntainneachd, mionaideachd, eisimpleireachd agus freagairtean a sheallas an ceangal eadar diofar chùisean. Tha dà mhìneachadh riatanach airson làn chomharran fhaighinn. Chan fhaighear comharran ach airson dà mhìneachadh aig a' char as motha.</p> <p>Faodaidh fòcas nam freagairtean a bhith air cùis chruinneil sam bith agus bithear an dùil gun toir oileanaich eisimpleirean seachad a tha buntainneach don chùis sin.</p> <p>A thaobh fhreagairtean nach bi a' toirt iomradh sònraichte air cùis chruinneil, bhuntainneach bu chòir 4 comharran aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	6	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh' oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 6 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt: Tha bochdainn air tòrr in-imrich mì-laghail adhbhrachadh. [1 chomharra – puing mhionaideach ach neo-leudaichte]</p> <p>Tha mòran dhaoine air a bhith air an co-èigneachadh an dachaighean fhàgail agus a bhith nam fògarraich ann an Afraga, mar thoradh air droch thart agus cogadh catharra. [2 chomharra – puing mhionaideach le leudachadh]</p> <p>Chaidh mòran eathraichean a ghabhail thairis le spùinneadairean anns a' Chuan Inneanach. Thàinig mòran de na spùinneadairean sin à Somalia far nach eil riaghaltas ceart agus far a bheil daoine uabhasach bochd. Thathas a' faicinn iachtan luchd-turais mar thargaid fhurasta agus chaidh grunn luchd-turais Breatannach a thoirt am bruid agus a chumail airson èirig. [3 comharran – puing mhionaideach le leudachadh agus eisimpleirean]</p> <p>Tha ceannairc na phrìomh dhuilgheadas, air adhbhrachadh le faireachdainn ana-ceartais am measg cuid de bhuidhnean. Anns na deich bliadhna mu dheireadh tha cuid de cheannaircich air a bhith cho fiadhaich le mar a tha na SA a' faighinn làmh-an-uachdair air an t-saoghal is gu bheil na togalaichean agus na saoranaich aca mar thargaidean. Chaidh cuid de dh'oifigich nan SA a mharbhadh o chionn ghoirid ann an Libia. Is e buidheann a th' ann an Al Qaeda a tha air gealltainn ionnsaigh a thoirt air na SA agus an caidrich (mar an RA) oir tha iad a' cur às an leth gu bheil iad “an aghaidh nam Muslamach.” Tha buidhnean ceannairc eile ann, nam measg feadhainn a tha anabarrach daingeann ann an Èirinn a Tuath a tha fhathast an aghaidh riaghladh Bhreatainn ann an Ulaidh. [4 comharran – puing bhuntainneach, mhionaideach le leudachadh, anailis is eisimpleirean]</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Thoir comharran airson iomradh air na cùisean a leanas:</p> <p>Bochdainn</p> <ul style="list-style-type: none"> <input type="checkbox"/> cogadh <input type="checkbox"/> malairt neo-chothromach <input type="checkbox"/> foghlam bochd <input type="checkbox"/> droch shlàinte <input type="checkbox"/> dìth tasgadh cèin <input type="checkbox"/> glè bheag de ghoireasan eaconamach nàdarra <p>Cogadh</p> <ul style="list-style-type: none"> <input type="checkbox"/> còmhstri fearainn <input type="checkbox"/> còmhstri creideimh <input type="checkbox"/> còmhstri beachd-fheallsanachd <input type="checkbox"/> còmhstri eachdraidheil <input type="checkbox"/> amasan leudachaidh riaghaltasan <p>Spùinneadaireachd</p> <ul style="list-style-type: none"> <input type="checkbox"/> bochdainn <input type="checkbox"/> lagh is òrdugh a' briseadh sìos ann an cuid de sgìrean Afraga <p>Galar (tha HIV /AIDS dualtach ach chan e sin an aon cho-theacsa iomchaidh)</p> <ul style="list-style-type: none"> <input type="checkbox"/> droch fhoghlam slàinte <input type="checkbox"/> coimhearsnachdan traidiseanta amharasach mu chleachdaidhean leigheis ùra <input type="checkbox"/> gainnead dhrogaichean/leigheasan/luchd-obrach uidheamaichte rim faighinn <input type="checkbox"/> foghlam bochd <input type="checkbox"/> taighean bochd <input type="checkbox"/> droch shlàintealachd <p>Prìomh phuing fiosrachaidh fhirinneach bhuntainneach eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh a mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu cli).</p>

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
Pàirt F	<p>18 Feumaidh an t-oileanach measadh a dhèanamh air raon cuingealaichte de stòran, gus an dèan agus an dearbh e/i co-dhùnadh/moladh. Feumaidh an t-oileanach cuideachd mìneachadh carson a chuir iad às don roghainn eile.</p> <p>Airson na làn chomharran a choileanadh feumaidh oileanaich mìneachadh carson nach do thagh iad an roghainn eile. A thaobh freagairt nach eil a' dèiligeadh ach ri aon roghainn bu chòir 8 comharran aig a' char as àirde a thoirt seachad.</p>	10	<p><i>Faodar creideas a thoirt do dh'oileanaich ann an diofar dhòighean gu suas ri 10 comharran aig a' char as àirde.</i></p> <p>Modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson a' cheist a fhreagairt:</p> <p>Airson roghainn 1: Dùthaich A Bu chòir cead a thoirt do Dhùthaich A ballrachd fhaighinn san EU oir chaidh mòran de luchd-reic dhrogaichean a chur dhan phrìosan. [1 chomharra – aon phìos fianais bho aon stòr]</p> <p>Dhiùlt mi an dàrna roghainn (leigeil le dùthaich B ballrachd fhaighinn) oir tha còrr air trian (36%) den t-sluagh aca fhathast ag obair san raon àiteachais. Tha seo naoi ìrean nas àirde na ìre an EU (4%) agus cha leigeadh sin leis an EU a' chosgais mhòr aca air àiteachas a tha aig ìre faisg air leth den bhuidseat iomlan (48%), a lùghdachadh. Tha mòran de na buill san EU a' faicinn gu bheil lùghdachadh san 48% seo riatanach. [3 comharran – fiosrachadh monaideach bho dhà stòr le cuid de bhriathrachas measaidh]</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha poilis Dùthaich A air obair mhath a dhèanamh gus smachd a chumail air reic dhrogaichean. A rèir cunntas-bheachd an EU, bha 88% de mhuinntir na Roinn Eòrpa a' saòilsinn gun robh seo meadhanach cudromach no glè chudromach. □ Bha 88% de luchd-freagairt san sgrùdadh cuideachd dhen beachd gun robh eachdraidh math a thaobh chòraichean daonna meadhanach cudromach no glè chudromach. Choinnicheadh Dùthaich A ri slatan-tomhais an ECHR. □ Tha àireamh nan oileanach ann an Dùthaich A air a bhith a' fàs agus tha sin a' tighinn faisg air ìre chuibheasach an EU de 51%. Tha feum aig eaconamaidh an EU air barrachd cheumnaichean oilthigh. <p>An aghaidh roghainn 1: Dùthaich A</p> <ul style="list-style-type: none"> □ Tha grunn bhall-stàitean an EU draghail mun àireamh de dhùthchannan bochda a tha a' feuchainn ri ballrachd fhaighinn san EU. Tha teachd-a-steach cuibheasach Dùthaich A(11,200) nas lugha na leth de ìre chuibheasach an EU (23,100). □ Bidh an EU a' toirt deagh chùram do bhuidhnean lag, leithid clann. Bhiodh e duilich do Dhùthaich A coinneachadh ris na slatan-tomhais sin mar a chaidh a shealltainn ann an sgrùdadh UNICEF o chionn ghoirid, a chàn i airson “suidheachaidhean uabhasach”.

Roinn 3	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson ceist mar seo	Comh' Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
			<p>Airson roghainn 2: Dùthaich B</p> <p>Bu choir leigeil le Dùthaich B ballrachd fhaighinn san EU oir tha i a' cur a-mach 32 millean baraille ola agus chan eil an EU airson a bhith ann an eisimeil na Ruis. [2 chomharra – fianais le ceangal bho Stòr 1 agus Stòr 2]</p> <p>Dhiùlt mi dùthaich A leis gur e €11,200 an teachd-a-steach chuibheasach aice. Anns an EU tha e aig ìre €23,100. [2 chomharra ga thoirt seachad airson dà phìos fianais bho dhiofar stòran a chleachdadh. Na toir comharran seachad ma chaidh comharran a thoirt seachad mu thràth airson taic a chur ris a' phuing seo.]</p> <ul style="list-style-type: none"> ▫ Tha Dùthaich B fèin-sheasmhach le ola agus mu thràth tha iad a' cur a-mach 19 millean baraille gach latha a bharrachd air na tha iad a' cleachdadh. Thigeadh lùghdachadh air eisimeileachd an EU air an Ruis. Bhiodh seo math oir tha mòran airson dùthchannan le stòrasan ola a leigeil a-steach. ▫ Thuirt 100% san sgrùdadh gun robh cion-obrach ìosal meadhanach cudromach no glè chudromach. Tha an graf a' sealltainn gu bheil ìre cion-obrach Dùthaich B gu cunbhalach nas ìsle na ìre cuibheasach an EU. ▫ Fhuair Dùthaich B moladh airson mar a lùghdaich iad ìrean neo-litearrachd gu bhith fo 10%. Tha seo a' tighinn faisg air na h-ìrean a choilean sgoiltean anns an EU. <p>An aghaidh roghainn 2: Dùthaich B</p> <ul style="list-style-type: none"> ▫ Tha gnìomhachas mòr àiteachais aig Dùthaich B. Tha còrr air trian den luchd-obrach ag obair san raon seo. Dhèanadh sin e doirbh buidseat àiteachais an EU a lùghdachadh, rud a tha na ball-stàitean a' faicinn mar nì riatanach. ▫ Tha cùram-slàinte bochd aig Dùthaich B. Tha dùil-aoise fichead bliadhna fo ìre chuibheasach an EU agus tha bàsmhorachd leanaban barrachd 's a dhà uiread. <p>Puing iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a chaidh mhineachadh anns an stiùireadh ceartachaidh choitcheann airson ceist mar seo (faic an colbh gu clì).</p>

[CRÌOCH SAMPALL DEN STIÙIREADH CEARTACHAIDH]